

Ceumannan 3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-1-1-1) **Modal 1 Aonad 1**
Earrannan Èisteachd

(C3-1-1-2) **Earrann 1 (3. Èist Dè nì mi?)**

- (C3-1-1-3) a. Bruidhnidh mi ri mo charaidean air a' fòn.
(C3-1-1-4) b. Sgrìobhaidh mi post-dealain.
(C3-1-1-5) c. Coimheadaidh mi an TBh.
(C3-1-1-6) d. Leughaidh mi leabhar.
(C3-1-1-7) e. Cluichidh mi iomain.
(C3-1-1-8) f. Ceannaichidh mi suiteis.
(C3-1-1-9) g. Èistidh mi ri ceòl.
(C3-1-1-10) h. Gabhaidh mi grèim bìdh.
(C3-1-1-11) i. Nighidh mi m' fhalt.

(C3-1-1-12) **Earrann 2 (4. Èist Dè nì iad?)**

- (C3-1-1-13) a. Cluichidh Ailean iomain. Tha e uabhasach math air iomain.
(C3-1-1-14) b. Èistidh Beathag ris an rèidio. Tha ceòl math air.
(C3-1-1-15) c. Sgrìobhaidh Daibhidh post-dealain gu Màiri.
(C3-1-1-16) d. Ceannaichidh Ruairidh suiteis. Is toigh leis seòclaid.
(C3-1-1-17) e. Gabhaidh Eilidh grèim bìdh. Tha an t-acras oirre.
(C3-1-1-18) f. Leughaidh Magaidh leabhar. Is toigh leatha leughadh.
(C3-1-1-19) g. Nighidh Catriona a falt. Tha i a' dol gu partaidh a-nochd.

(C3-1-1-20) **Earrann 3 (9a. Bìdh Gòrdan trang agus 9b. Nì mi obair-dachaigh)**

- (C3-1-1-21) a. An dèidh na sgoile, nì mi obair-dachaigh Matamataig. Is beag orm obair-dachaigh!
(C3-1-1-22) b. An dèidh sin, coisichidh mi dhan phàirc leis a' chù agam, Sparky. Is toigh le Sparky cluich le ball.
(C3-1-1-23) c. Gabhaidh mi dinnear aig sia uairean. 'S e iasg am biadh as fheàrr leam.
(C3-1-1-24) d. Cuiridh mi post-dealain gu mo charaid Seòras. Tha Seòras a' fuireach ann an Ceap Breatann.
(C3-1-1-25) e. An uair sin, cluichidh mi geamannan air a' choimpiutair.



- (C3-1-1-26) f. Èistidh mi ris an rèidio. Bidh gèam ball-coise air. Tha Dùn Dèagh a' cluich Obar Dheathain.
- (C3-1-1-27) g. Bidh an t-acras orm a-rithist agus gabhaidh mi suipear. Gabhaidh mi glainne bainne agus briosaidean.
- (C3-1-1-28) h. Mar as trice, thèid mi dhan leabaidh mu dheich uairean.

(C3-1-1-29) Earrann 4 (11. Èist Cha sheinn mi)

- (C3-1-1-30) a. Cha sheinn mi aig a' chonsairt. Tha m' amhach goirt.
- (C3-1-1-31) b. Cha dhùin mi an doras. Tha e blàth anns an rùm.
- (C3-1-1-32) c. Chan èist mi ris an CD. Cha toigh leam ceòl pop.
- (C3-1-1-33) d. Cha sgrìobh mi litir. Cha toigh leam sgrìobhadh idir.
- (C3-1-1-34) e. Chan fhosgail mi mo bhaga. Chan eil an obair-dachaigh agam.
- (C3-1-1-35) f. Cha chluich mi rugbaidh a-nochd. Tha mi uabhasach sgèith.
- (C3-1-1-36) g. Cha chuir mi air an TBh. Chan eil prògram math air an-dràsta.
- (C3-1-1-37) h. Chan òl mi cupa tì. Chan eil am pathadh orm.
- (C3-1-1-38) i. Cha bhruidhinn mi ri Calum. Tha e cho crosta.
- (C3-1-1-39) j. Cha dhanns mi aig a' chèilidh. Chan eil dannsa a' còrdadh rium.

(C3-1-1-40) Earrann 5 (12. Èist Cha ghabh mi)

- (C3-1-1-41) a. Cha ghabh mi siùcar anns a' chofaidh.
- (C3-1-1-42) b. Cha sheinn mi aig a' Mhòd.
- (C3-1-1-43) c. Sgrìobhaidh mi litir.
- (C3-1-1-44) d. Dùinidh mi an doras.
- (C3-1-1-45) e. Chan òl mi còc.
- (C3-1-1-46) f. Dannsaidh mi aig a' chèilidh.
- (C3-1-1-47) g. Chan ith mi currain. Euch!
- (C3-1-1-48) h. Suidhidh mi ri taobh lain air a' bhus.
- (C3-1-1-49) i. Cha leugh mi leabhar. 'S fheàrr leam coimhead an TBh.
- (C3-1-1-50) j. Chan fhosgail mi an uinneag. Tha e fuar an-diugh.



(C3-1-1-51) Earrann 6 (14. Èist An èist thu?)

- (C3-1-1-52) a. An danns thu aig a' chèilidh?
- (C3-1-1-53) b. An cluich thu iomain?
- (C3-1-1-54) c. Am bruidhinn thu ris an tidsear?
- (C3-1-1-55) d. An èist thu ris an CD?
- (C3-1-1-56) e. An sgrìobh thu litir?
- (C3-1-1-57) f. An leugh thu an leabhar?
- (C3-1-1-58) g. An suidh thu aig an deasg?
- (C3-1-1-59) h. An coimhead thu air an TBh?

(C3-1-1-60) Earrann 7 (15a. Clas trang agus 15b. An cuir thu dhìot do sheacaid? agus 15c. Bruidhnidh mi ris)

- (C3-1-1-61) a. Mgr Robasdan: Iain, an cuir thu dhìot do sheacaid?
 Iain: Cha chuir.
 Mgr Robasdan: Iain...
 Iain: Ach tha mi fuar!
 Mgr Robasdan: Iain, cuir dhìot do sheacaid sa mhionaid!
 Iain: Ceart ma-thà. Cuiridh.
- (C3-1-1-62) b. Mgr Robasdan: Anna, am bruidhinn thu ri Mgr MacLeòid an-dràsta?
 Anna: Bruidhnidh.
 Mgr Robasdan: Siuthad ma-thà!
- (C3-1-1-63) c. Mgr Robasdan: A Ruairidh, an èist thu ris an CD?
 Ruairidh: Èistidh.
- (C3-1-1-64) d. Mgr Robasdan: A Shìne, trobhad! An suidh thu ri taobh Iain?
 Sìne: Cha shuidh. Tha mi ag iarraidh suidhe ri taobh Eilidh.
 Mgr R: A Shìne, bi modhail!



Sìne: Ceart gu leòr. Suidhidh mi ri taobh lain.

(C3-1-1-65) e. Mgr Robasdan: A Raonaid, an cluich thu a' chlarsach aig a' chonsairt Dihaoine?

Raonaid: Cha chluich. Chan urrainn dhomh. Bidh mi a' dol gu partaidh co-là-breith Dihaoine. Tha mi duilich.

Mgr Robasdan: Ceart ma-thà.

(C3-1-1-66) f. Mgr Robasdan: A Phòil, am fosgail thu an uinneag? Tha e blàth.

Pòil: Fosglaidh.

Mgr Robasdan: Tapadh leat.

(C3-1-1-67) g. Mgr Robasdan: A Chairistiona, an cluich thu gèam còmhla ri Seumas?

Cairistiona: Och, a Mhaighstir Robasdain, cha chluich. Cha toigh leam Seumas.

Mgr Robasdan: A Chairistiona, bi modhail!

(C3-1-1-68) h. Mgr Robasdan: Fhionnlaigh, an cuir thu air an coimpiutair?

Fionnlagh: Cuiridh.

Mgr Robasdan: Sin thu fhèin.

(C3-1-1-69) i. Màrtainn: A Mhaighstir Robasdain.

Mgr Robasdan: Seadh, a Mhàrtainn.

Màrtainn: An coimhead sibh air an obair agam? Tha mi deiseil.

Mgr Robasdan: Coimheadaidh, ann am mionaid.

(C3-1-1-70) Earrann 8 (Sùil air ais 1a An dùin thu an doras?)

(C3-1-1-71) a. An ceannaich thu bainne anns a' bhùth?

(C3-1-1-72) b. An dùin thu an doras?

(C3-1-1-73) c. An òl thu glainne uisge?



- (C3-1-1-74) d. An leugh thu sgeulachd?
 (C3-1-1-75) e. An cuir thu mo leabhar nam bhaga?
 (C3-1-1-76) f. An seinn thu òran?
 (C3-1-1-77) g. An cluich thu an giotàr?

(C3-1-1-78) Earrann 9 (Sùil air ais 1b Am bruidhinn thu ri Daibhidh?)

- (C3-1-1-79) a. Am bruidhinn thu ri Daibhidh?
 (C3-1-1-80) b. Am fosgail thu an uinneag?
 (C3-1-1-81) c. An sgioblaich thu an rùm?
 (C3-1-1-82) d. An ith thu briosgaid?
 (C3-1-1-83) e. An nigh thu mo gheansaidh?
 (C3-1-1-84) f. An sgriobh thu litir?

(C3-1-1-85) Earrann 10 (Cultar Cnoc na Fèille)

(C3-1-1-86) Cnoc na Fèille

(le Calum agus Ruairidh MacDhòmhnaill, Runrig)

Gun dragh gun d' chuir e an t-eagal oirnn
 Solas Cnoc na Fèille
 Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Bha feadhainn ann a chunnaic e
 'S càch ag innse nam breugan
 Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Ach muinntir an dà shealladh
 Chitheadh iadsan co-dhiù e
 Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha lach is gèadh is curracag
 Nan caraidean air a' mhachaire



Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.


Tha feannag air a crochadh suas
Ceangailte le ròpa
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha coineanach sa ghainmhich
Na sheasamh, abair urchair
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Sèist:

Hogainn o, hogainn o, ho ro ho ro illean
Hogainn o, ho ro illean, hogainn o horainn o.





ceumannan 3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-1-2-1) Ceumannan 3 Modal 1 Aonad 2 Earrannan èisteachd

(C3-1-2-2) Earrann 1 (1. A' trod)

- (C3-1-2-3) a. Ceit: Bidh sinn ceithir-deug Dihaoine, Anndra!
Anndra: Tha fhios agam, a Cheit.
- (C3-1-2-4) b. Ceit: Dè ni sinn? Dè mu dheidhinn partaidh?
Anndra: Partaidh? Chan eil fhios agam. Iasgach? Is toigh leam iasgach.
Ceit: Iasgach? Chan eil mise no mo charaidean ag iarraidh iasgach.
- (C3-1-2-5) c. Anndra: Hmm ... rugbaidh, ma-thà? Tha gèam mòr air an TBh Dihaoine.
Ceit: Rugbaidh? Ist! Na bi gòrach! Cha toigh leam rugbaidh.
- (C3-1-2-6) d. Anndra: Dè as toigh leat ma-thà, a Cheit?
Ceit: Uill, spèileadh? No marcachd?
- (C3-1-2-7) e. Anndra: A Cheit. Bi sàmhach! Cha bhi na balaich ag iarraidh spèileadh no marcachd.
Ceit: Uill, tha iad nas fheàrr na iasgach. Mmm, tha fhios agam! Thèid sinn dhan taigh-dhealbh!
Anndra: Cha tèid. Chan eil film math air an-dràsta.
- (C3-1-2-8) f. Ceit: Fuirichidh a h-uile duine airson na h-oidhche ma-thà.
Anndra: A Cheit! Cha bhi balaich a' dèanamh rudan mar sin. Chan eil mise ag iarraidh partaidh mar sin.
Ceit: Uill, tha mise.
Anndra: Uill, chan eil mise.
- (C3-1-2-9) g. Màthair: Haoi! Bithibh sàmhach! Carson a tha sibh a' trod?
Ceit: Partaidh co-là-breith.
- (C3-1-2-10) h. Anndra: Tha beachdan Ceit cho gòrach.
Màthair: Ceart. Èistibh ri seo: dinnear an toiseach. Aig sia uairean.



- (C3-1-2-11) i. Ceit: Dè nì sinn an uair sin?
Màthair: An dèidh sin, coimheadaidh na nigheanan DVD.
- (C3-1-2-12) j. Ceit: Math dha-rìribh!
Màthair: Coimheadaidh na balaich an rugbaidh.
Anndra: Bidh sin nas fheàrr.
- (C3-1-2-13) k. Màthair: Faodaidh na nigheanan agus na balaich uile fuireach an seo Dihaoine.
Cait: Ach cha bhi rùm ann, a Mham...
Màthair: Fuirich mionaid, a Cheit! Anndra, faodaidh na balaich campachadh air a' chroit.
Anndra: Ò, sgoinneil!
- (C3-1-2-14) l. Ceit: Bidh oidhche mhath againn uile!
Anndra: Tapadh leibh, a Mham.
Cait: Feumaidh mi fònadh gu Anna.
Anndra: Haoi! Tha mise ag iarraidh fònadh gu Iain!
Màthair: Clann an latha an-diugh!

(C3-1-2-15) Earrann 2 (2. An tig thu dhan phartaidh?)
(fòn a' seirm)

- (C3-1-2-16) Cait: Hai, a Mhàiri. Cait an seo.
Màiri: Hai, a Cheit. Dè tha dol?
Cait: Tha gu leòr. Tha co-là-breith agam fhìn agus aig Anndra Dihaoine.
Màiri: Tha fhios agam. Dè tha thu a' dol a dhèanamh?
Cait: Bidh partaidh againn. An tig thu dhan phartaidh?
Màiri: Thig. Cuin a tha am partaidh a' tòiseachadh?
Cait: Aig sia. An tig thu aig sia uairean?
Màiri: Thig. Bidh sin glè mhath.
Cait: An tig Sìne cuideachd?
Màiri: Ò, cha tig. Tha Sìne a' dol a dh'Inbhir Nis Dihaoine. Ach thig mise dhan phartaidh agad, a Cheit.



Ceit: Mòran taing. Dihaoine aig sia uairean.

Màiri: Glè mhath. Thig mi aig sia uairean. Chì mi thu an uair sin. Mòran taing.

(C3-1-2-17) Earrann 3 (3a. Èist Thigibh gu partaidh agus 3b Èist An tig thu?)

(C3-1-2-18) a. Ceit: Hai, Anna! Bidh partaidh agam Dihaoine airson mo cho-là-breith. An tig thu?

Anna: Thig gu dearbh! Dè tha thu a' dèanamh?

Ceit: Dinnear aig sia uairean agus an uair sin coimheadaidh sinn DVD.

Anna: Glè mhath.

Ceit: Chì mi a-màireach thu anns an sgoil.

Anna: Chì. Mar sin leat, a Cheit. Tapadh leat.

(C3-1-2-19) b. Ceit: Hai, Seòna.

Seòna: Hai, a Cheit. Uill? A bheil am partaidh ann?

Ceit: Tha. Dinnear agus DVD Dihaoine. An tig thu?

Seòna: Thig!

Ceit: Glè mhath.

(C3-1-2-20) c. Ceit: Hai, Karen! Ceit an seo.

Karen: Hai a Cheit. Dè tha dol?

Ceit: Tha mo cho-là-breith ann Dihaoine agus bidh partaidh agam aig an taigh.

Karen: Ò, glè mhath. 'S toigh leam partaidhean. Cuin a tha e a' tòiseachadh?

Ceit: Sia uairean. An tig thu?

Karen: Ò, cha tig. Chan urrainn dhomh. Bidh mi ag obair Dihaoine anns a' chafaidh. Tha mi duilich.

Ceit: Ceart gu leòr. Chì mi a-màireach thu anns an sgoil.

Karen: Chì. Tioraidh.

Ceit: Mar sin leat.



(C3-1-2-21) d. Ceit: Hai, a Chatrìona! An tig thu dhan phartaidh agam Dihaoine?

Catrìona: Thig. Cuin a tha e a' tòiseachadh?

Ceit: Aig sia uairean. Bidh dinnear agus DVDs ann. Am fuirich thu airson na h-oidhche cuideachd?

Catrìona: Fuirichidh. Bidh sin math.

Ceit: Duilich, feumaidh mi falbh, a Chatrìona. Feumaidh mi fònadh gu Magaidh.

Catrìona: Glè mhath. Tioraidh.

Ceit: Mar sin leat.

(C3-1-2-22) e. Ceit: Hai, a Mhagaidh! Ceit an seo. Dè tha thu a' dèanamh Dihaoine?

Magaidh: Chan eil càil.

Ceit: Bidh partaidh agam airson mo cho-là-breith. An tig thu?

Magaidh: Thig, gu dearbh.

Ceit: Sgoinneil. Bruidhnidh mi riut anns an sgoil a-màireach. Feumaidh mi fònadh gu Alison.

Magaidh: Chì mi a-màireach thu.

Ceit: Chì.

(C3-1-2-23) f. Ceit: Hai, Alison. Ceit an seo.

Alison: Hai, a Cheit. Dè tha dol?

Ceit: Tha mo cho-là-breith ann Dihaoine agus bidh partaidh agam. An tig thu?

Alison: Tha mi duilich, a Cheit, cha tig. Tha mi a' dol a Ghlaschu Dihaoine.

Chan eil mo sheanair gu math. Tha e anns an ospadal.

Ceit: Ò, tha sin duilich.

Alison: Tha.

Ceit: Uill, feumaidh mi falbh. Tha obair-dachaigh agam. Am faic mi a-màireach thu?

Alison: Chì.



- (C3-1-2-25) a. Iain: Am faic thu Màiri a-nochd?
Calum: Chì. Chì mi aig a' chlub-òigridh i.
- (C3-1-2-26) b. Sìne: Am faic thu EastEnders a-nochd?
Daibhidh: Chan fhaic. Tha mi a' cluich iomain a-nochd.
- (C3-1-2-27) c. Màrtainn: Am faic thu am ball-coise Disathairne?
Dòmhnall: Chì. Rangers agus Celtic. Bidh e math.
- (C3-1-2-28) d. Màiri: Am faic thu Seumas ann am Matamataig?
Teàrlach: Chan fhaic. Chan eil Seumas anns a' chlas agamsa idir.
- (C3-1-2-29) e. Catriona: A bheil thu a' dol dhan dannsa a-nochd, a Bheathag?
Beathag: Tha. Bidh e math.
Catriona: Am faic thu Alasdair aig an dannsa, a Bheathag?
Beathag: Chì. Tha e cho snog.

(C3-1-2-30) Earrann 5 (5. Òist Chì mi an gèam iomain)

- (C3-1-2-31) a. Màthair: Am faic thu Ruairidh san sgoil an-diugh, a Mhòrag?
Mòrag: Chì. Chì mi Ruairidh aig Beurla an-diugh.
- (C3-1-2-32) b. Daibhidh: Am faic thu an gèam iomain Disathairne, a Phòil?
Pòil: Chan fhaic. Tha mi a' dol a Ghlaschu Disathairne.
- (C3-1-2-33) c. Iain: Am faic thu an TBh a-nochd, Asif? Tha prògram math air.
Asif: Chan fhaic mi an TBh idir. Tha cus obair-dachaigh agam.
- (C3-1-2-34) d. Ùisdean: Dè tha dol a-nochd, Emma? Am faic thu Jack aig an dannsa?
Emma: Chì gu dearbh. Tha Jack a' dol ann agus tha e cho snog.
- (C3-1-2-35) e. Diane: Am faic thu Tracy Chaimbeul aig an ionad-spòrs, a Dhòmhnall?
Dòmhnall: Tracy Chaimbeul? Chan eil fhios agam. Cò tha sin?
Diane: Tracy Chaimbeul? Àrd, falt fada bàn, sùilean gorma...
Dòmhnall: Ò, seadh. Tracy Chaimbeul. Chì. Chì mi Tracy Chaimbeul aig an ionad-spòrs.



(C3-1-2-36) Earrann 6 (14. Èist An dèan sibh cèic?)

- (C3-1-2-37) a. Tidsair: An dèan thu obair-dachaigh a-nochd, Anndra?
Anndra: Nì. Nì mi an obair-dachaigh.
- (C3-1-2-38) b. Bèicear: Feasgar math. Bùth a' Bhèiceir. Dè nì mi dhuibh?
Calum: Tha co-là-breith aig mo mhac Dihaoine. An dèan sibh cèic?
Bèicear: Nì. Nì mi cèic.
- (C3-1-2-39) c. Màrtainn: Nise, tha obair-dachaigh agam ann am Beurla agus ann an Cruinn-eòlas. An dèan mi Cruinn-eòlas an-dràsta? Mmm. Cha dèan. Cha dèan mi Cruinn-eòlas a-nochd idir. Nì mi Cruinn-eòlas a-màireach.
- (C3-1-2-40) d. Mòrag: An dèan sinn dealbh ann an Ealain an-diugh?
Seumas: Nì. Nì sinn dealbh ann an Ealain ach cha dèan sinn dealbh ann am Matamataig idir.

(C3-1-2-41) Earrann 7 (15. Èist Nì mi cèic)

- (C3-1-2-42) a. Màthair: Ceart. Dè am biadh a tha sibh ag iarraidh?
Ceit: Burgairean agus isbeanan.
Màthair: Cò nì sin? An dèan thusa sin, a Cheit?
Ceit: Cha dèan. Cha toigh leam feòil!
Anndra: Nì mise na burgairean agus na h-isbeanan air a' bharbaciù.
Màthair: Glè mhath.
- (C3-1-2-43) b. Màthair: Saileadan? An dèan thu sin, a Cheit?
Ceit: Nì. Nì mise saileadan – sailead càise agus sailead buntàta. Bidh sin furasta. Chan eil mi math air còcaireachd!
- (C3-1-2-44) c. Màthair: Ceart. Dè mu dheidhinn cèic? A bheil sibh ag iarraidh cèic?
Ceit agus Anndra: Ò, tha!
Ceit: Cèic seòclaid.
Anndra: Mmm! Math, math. Is toigh leam cèic seòclaid. An dèan sibh cèic seòclaid, a Mham?



Màthair: Ceart. Nì mise cèic seòclaid.

Ceit: Ach dè nì Dad?

- (C3-1-2-45) d. Màthair: Tha thusa math air ceapairean, nach eil lain?
 Athair: Dè? Duilich. Tha mi trang a' coimhead an TBh.
 Ceit: An dèan sibh ceapairean, ma-thà?
 Athair: Nì. Nì mi ceapairean le aran donn agus aran geal.
 Màthair: Am faigh thu cupa tì an-dràsta ma-thà? Tha am pathadh orm.
 Athair: Ò, chan fhaigh, tha mi duilich. Tha Top Gear air.
 Ceit: Gheibh mise cupa tì, a Mham.
 Anndra: Feumaidh sinn am biadh a cheannach. Thèid mise dhan bhùth.
 Athair: Och, siuthad ma-thà, Anndra! Thig mise còmhla riut.
 Màthair: Tha d' athair agus Anndra cho rèidh ri dà cheann eich a-nochd, a Cheit! Am faigh thu mo sporan anns a' chidsin?
 Ceit: Gheibh. Fuirichibh mionaid!

(C3-1-2-46) Earrann 8 (18. Òist An toir sibh dhomh...?)

- (C3-1-2-47) a. Màrtainn: An toir sibh dhomh aran, mas e ur toil e?
 Neach-bùtha: Bheir, gu dearbh. Aran geal no aran donn?
 Màrtainn: Aran donn agus aran geal, mas e ur toil e.
- (C3-1-2-48) b. Màrtainn: Agus an toir sibh ìm agus càise dhomh, mas e ur toil e?
 Neach-bùtha: Bheir mi dhut ìm, a Mhàrtainn. Seo. Ach, tha mi duilich. Cha toir mi dhut càise idir. Chan eil càise agam an-diugh.
- (C3-1-2-49) c. Màrtainn: A Chalum, an toir thu dhomh còig notaichean?
 Calum: Cha toir, a Mhàrtainn. Tha mi duilich. Chan eil sgillinn ruadh agam.
- (C3-1-2-50) d. Màthair: A Mhàrtainn. An toir thu dhomh cupa cofaidh? Tha mi cho sgìth ri cù.
 Màrtainn: Bheir, a Mham. Suidhibh sìos agus bheir mi dhuibh cupa cofaidh.
- (C3-1-2-51) e. Màrtainn: An toir thu dhomh àireamh-fòn Mairead? Tha i uabhasach snog.
 Pàdraig: Àireamh-fòn Mairead? Cha toir, gu dearbh. Tha mi fhìn a' dol a-mach còmhla ri Mairead a-nochd.



(C3-1-2-52) f. Seonag: (fuaime fòn) Hai, a Mhàrtainn. Seonag an seo. An toir thu leat an DVD ùr dhan sgoil a-màireach?
Coimheadaidh sinn air ann am Beurla.

Màrtainn: Bheir. Bheir mi leam DVD no dhà ach cha toir mi leam My Lovely Valentine idir. 'S e film uabhasach a tha sin.

Seonag: Ò, is toigh leamsa My Lovely Valentine.

(C3-1-2-53) Earrann 9 (20. Èist An cluinn thu am prògram rèidio?)

(C3-1-2-54) a. Iain: An cluinn thu am prògram rèidio?

Màiri: Cluinnidh. Is toigh leam am prògram.

(C3-1-2-55) b. Seonag: An cluinn thu an CD ùr aig Na Rionnagan?

Màrtainn: Cha chluinn. Cha toigh leam Na Rionnagan.

(C3-1-2-56) c. Daibhidh: An cluinn thu an t-òran?

Seumas: Cha chluinn. Tha mo chluas goirt.

(C3-1-2-57) d. Tidsair: An cluinn thu an earrann èisteachd, a Chatrìona?

Catrìona: Cluinnidh. Cuiridh mi air an coimpiutair.

(C3-1-2-58) Earrann 10 (21. An ruig am bus aig sia?)

(C3-1-2-59) a. Raonaid: Gabh mo leisgeul. An ruig am bus aig sia?

Dràibhear: Ruigidh. Ruigidh sinn Glaschu aig sia uairean.

(C3-1-2-60) b. Teàrlach: An ruig an tràan Dùn Èideann aig trì uairean?

Calum: Cha ruig. Cha ruig i Dùn Èideann gu cairteal gu ceithir.

(C3-1-2-61) c. Beathag: An ruig sibh an sgoil tràth a-màireach?

Cailean: Ruigidh. Ruigidh sinn an sgoil aig fichead mionaid gu ochd.

(C3-1-2-62) d. Niall: An ruig sinn dhachaigh aig leth-uair an dèidh deich?

Diane: Ruigidh sinn am baile aig leth-uair an dèidh deich ach cha ruig sinn an taigh gu aon uair deug.

(C3-1-2-63) Earrann 11 (Sùil air ais 1 An toir thu dhomh peansail?)


(C3-1-2-64) a. Sìne: Alasdair, an dèan thu cupa cofaidh?

Alasdair: Nì.



- (C3-1-2-65) b. Catrìona: A Raibeart, am tig thu dhan phartaidd?
Raibeart: Cha tig.
- (C3-1-2-66) c. Eilidh: Diane, am faic mi an obair-dachaigh agad?
Diane: Chan fhaic.
- (C3-1-2-67) d. Iain: A Chiorstaidh, am faigh thu botal uisge anns a' bhùth?
Ciorstaidh: Gheibh.
- (C3-1-2-68) e. Ruairidh: An toir thu dhomh peansail, a Sheumais?
Seumas: Cha toir.
- (C3-1-2-69) f. Niall: A Lionsaidh, an tèid thu a-mach leis a' chù?
Lionsaidh: Thèid.





ceumannan 3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-2-1-1) Ceumannan 3 Modal 2 Aonad 1 Earrannan Èisteachd

(C3-2-1-2) Earrann 1 (1. Èist Dùthchannan)

- (C3-2-1-3) a. An Fhraing
- (C3-2-1-4) b. An Eadailt
- (C3-2-1-5) c. An Spàinn
- (C3-2-1-6) d. Alba
- (C3-2-1-7) e. Sasainn
- (C3-2-1-8) f. Èirinn
- (C3-2-1-9) g. A' Chuimrigh
- (C3-2-1-10) h. Ameireaga/Na Stàitean Aonaichte
- (C3-2-1-11) i. Canada
- (C3-2-1-12) j. A' Bheilg
- (C3-2-1-13) k. An Òlaind
- (C3-2-1-14) l. A' Ghrèig
- (C3-2-1-15) m. A' Ghearmailt
- (C3-2-1-16) n. Astràilia
- (C3-2-1-17) o. An Ruis
- (C3-2-1-18) p. Nirribhidh

(C3-2-1-19) Earrann 2 (3. Èist Tha mi às an Fhraing)

- (C3-2-1-20) a. Frederic: Is mise Frederic. Tha mi às an Fhraing.
- (C3-2-1-21) b. Eilidh: Cò às a tha sibh, a Shìne?
Sìne: Tha mi à Ameireaga.
- (C3-2-1-22) c. Marco: Is mise Marco. Tha mi às an Eadailt.
- (C3-3-1-23) d. Daibhidh: Is mise Daibhidh.
Pàdraig: Hai, a Dhaibhidh. Cò às a tha thu?
Daibhidh: Tha mi às a' Chuimrigh.
- (C3-2-1-24) e. Sean: Tha mi à Èirinn. Is mise Seàn.
- (C3-2-1-25) f. Màrtainn: Dè an t-ainm a th'ort?
Raonaid: Is mise Raonaid.



Màrtainn: Cò às a tha thu, a Raonaid?

Raonaid: Tha mi à Astràilia.

(C3-2-1-26) g. Mìcheal: Is mise Mìcheal. Tha mi às a' Ghearmailt.

(C3-2-1-27) h. Cailean: Hai! Cò às a tha thu?

Louisa: Tha mi à Alba.

Cailean: Dè an t-ainm a th' ort?

Louisa: 'S e Louisa an t-ainm a th' orm.

(C3-2-1-28) Earrann 3 (9. Òist Chaidh mi dhan Spàinn an-uiridh)

(C3-2-1-29) a. Robert: Chaidh mise agus mo bhràthair a Chanada.

(C3-2-1-30) b. Susan: Chaidh mi fhìn dhan Ghrèig. Bha i brèagha.

(C3-2-1-31) c. David: Chaidh mise agus mo charaid a dh'Ameireaga. Abair saor-làithean!

(C3-2-1-32) d. Paula: Chaidh mise agus mo phiuthar dhan Eadailt.

(C3-2-1-33) e. Christina: Chaidh mi dhan Fhraing. Tha m' antaidh Màiri a' fuireach an sin.

(C3-2-1-34) f. James: Chaidh mi fhìn agus an teaghlach a dh'Èirinn. Bha fèis ann.

(C3-2-1-35) Earrann 4 (13. Òist A' dol a dh'Obar Dheathain)

(C3-2-1-36) Rùnaire: Feasgar math. Ionad-fiosrachaidh. Dè nì mi dhuibh?

Dòmhnall Iain: Hallò. Am faigh mi fiosrachadh mu na busaichean a dh'Obar Dheathain Diardaoin, mas e ur toil e?

Rùnaire: Gheibh.

Dòmhnall Iain: Dè tha am bus a' cosg?

Rùnaire: Tha am bus a' cosg dà nota dheug.

Dòmhnall Iain: Glè mhath. Agus trèan? Is fheàrr leam an trèan.

Rùnaire: Tha trèan a' dol a dh'Obar Dheathain Diardaoin.

Dòmhnall Iain: Cuin a tha i a' dol ann?

Rùnaire: Fàgaidh i Glaschu aig còig mionaidean fichead gu naoi agus ruigidh i Obar Dheathain aig leth-uair an dèidh deich.

Dòmhnall Iain: Math dha-rìribh. Dè tha an trèan a' cosg?

Rùnaire: Cosgaidh i naoi notaichean deug agus caogad sgillinn.

Dòmhnall Iain: Obh, obh! Tha sin daor. Cuin a tha bus ann?



- Rùnaire: Fàgaidh am bus Glaschu aig ochd uairean anns a' mhadainn agus ruigidh e Obar Dheathain aig cairteal an dèidh aon uair deug.
- Dòmhnall Iain: Hmm... Ceart ma-thà. Tapadh leibh.
- Rùnaire: 'S e ur beatha. Mar sin leibh.
- Dòmhnall Iain: Mar sin leibh. (a' cur sìos am fòn) Nise – bus no trèan?

(C3-2-1-37) Earrann 5 (Sùil air ais 1 Èist Tòrr spòrs)

- (C3-2-1-38) a. Madainn mhath agus fàilte gu Tòrr Spòrs. Is mise Micheal Mac an t-Saoir agus an toiseach an-diugh, ball-coise agus cupa na h-Eòrpa: An Eadailt trì, Sasainn dhà.
- (C3-2-1-39) b. A' Ghrèig ceithir, Alba neoni. Tha mi duilich. Leughaidh mi sin a-rithist. A' Ghrèig neoni, Alba ceithir.
- (C3-2-1-40) c. A' Bheilg còig, Èirinn a h-aon.
- (C3-2-1-41) d. A' Chuimrigh neoni, An Òlaind sia.
- (C3-2-1-42) e. An Fhraing trì, Nirribhidh trì. Agus a-nis gu teanas... Cluichidh Anndra Moireach agus Rafael Nadal...

(C3-2-1-43) Earrann 6 (Sùil air ais 4a Èist Aig a' phort-adhair agus 4b Farpais ceist)

- (C3-2-1-44) a. Rùnaire: Feasgar math. Ciamar a tha sibh?
 Màrtainn: Tha gu math, tapadh leibh.
 Rùnaire: Dè an t-ainm a th' oirbh?
 Màrtainn: Is mise Màrtainn Mac an Tòisich.
 Rùnaire: Càit a bheil sibh a' dol an-diugh?
 Màrtainn: Tha mi a' dol dhan Chuimrigh airson cola-deug.
 Rùnaire: Glè mhath. Tha mise às a' Chuimrigh.
- (C3-2-1-45) b. Rùnaire: Feasgar math. Ciamar a tha sibh an-diugh?
 Coinneach: Tha gu dòigheil, tapadh leibh.
 Rùnaire: Tha latha brèagha ann, nach eil?
 Coinneach: Tha gu dearb.
 Rùnaire: Dè an t-ainm a th' oirbh?



Coinneach: Is mise Coinneach Bochanan.

Rùnaire: Agus càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Coinneach: A dh'Èirinn. Tha mi a' dol a dh'Èirinn.

Rùnaire: Tha Èirinn cho snog, nach eil?

Coinneach: Ò, tha.

Rùnaire: Ceart. Sin sibh. Tapadh leibh.

(C3-2-1-46) c. Rùnaire: Feasgar math. Dè an t-ainm a th' oirbh agus càit a bheil sibh a' dol?

Flòraidh: Tha mi a' dol dhan Bheilg. 'S e Flòraidh NicNèill an t-ainm a th' orm.

Rùnaire: Cò às a tha sibh, a Fhlòraidh?

Flòraidh: Tha mi à Barraigh.

Rùnaire: Chaidh mise a Bharraigh air saor-làithean an-uiridh.

Flòraidh: Glè mhath. An do chòrd Barraigh ribh ma-thà?

Rùnaire: Chòrd. Tha na daoine cho laghach. Uill, tapadh leibh, a Fhlòraidh. Turas math dhuibh.

Flòraidh: Tapadh leibh.

(C3-2-1-47) d. Rùnaire: Feasgar math. Dè an t-ainm a th' oirbh?

Daibhidh: Is mise Daibhidh MacAoidh.

Rùnaire: Agus càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Daibhidh: Tha mi a' dol a dh'Astràilia airson mìos.

Rùnaire: A dh'Astràilia airson mìos? Nach buidhe dhut! Bidh sin sgoinneil.

Daibhidh: Bidh. Cha robh mi riamh ann ach tha mo phiuthar a' fuireach ann.

Rùnaire: Uill, còrdaidh e ribh. Tapadh leibh. Turas math dhuibh!

Daibhidh: Tapadh leibh.

(C3-2-1-48) e. Rùnaire: Feasgar math. Càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Cairistiona: Tha mi a' dol a Shasainn airson seachdain. Chan eil m' athair gu math.


Rùnaire: Ò, tha mi duilich. Dè an t-ainm a th' oirbh?

Cairistiona: 'S e Cairistiona NicDhòmhnaill an t-ainm a th' orm.

Rùnaire: Glè mhath, a Chairistiona.

Cairistiona: Tapadh leibh.





Ceumannan 3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-2-2-1) Ceumannan 3 Modal 2 Aonad 2 Earrannan Èisteachd

(C3-2-2-2) Earrann 1 (1. Èist Cò ris a tha an t-side coltach? agus 2. Èist Tha i grianach)

- (C3-2-2-3) a. Tha i blàth.
- (C3-2-2-4) b. Tha i fuar.
- (C3-2-2-5) c. Tha i fliuch.
- (C3-2-2-6) d. Tha i tioram.
- (C3-2-2-7) e. Tha i garbh.
- (C3-2-2-8) f. Tha i ciùin.
- (C3-2-2-9) g. Tha i sgòthach.
- (C3-2-2-10) h. Tha i grianach.

(C3-2-2-11) Earrann 2 (3. Èist Bidh i fuar an-diugh)

- (C3-2-2-12) Madainn mhath. Is mise Dòmhnall MacLeòid. Seo agaibh an t-side.
- Bidh i fuar ach tioram agus grianach anns na h-Eileanan Siar an-diugh.
- Ann an Glaschu, bidh i fliuch agus garbh.
- Bidh an t-side nas fheàrr ann an Dùn Èideann. Bidh i sgòthach, ach bidh i tioram.
- Ann an Obar Dheathain, bidh i ciùin agus blàth, ach ann am Peairt, bidh i fliuch agus fuar.
- Sin agaibh an t-side ann an Alba an-diugh. Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-2-2-13) Earrann 3 (8. Èist Bidh an t-uisge ann agus 9. Èist Bidh sneachd ann)

- (C3-2-2-14) a. Bidh sneachd ann.
- (C3-2-2-15) b. Bidh an t-uisge ann.
- (C3-2-2-16) c. Bidh tàirneanaich is dealanaich ann.



- (C3-2-2-17) d. Bidh stoirm ann.
- (C3-2-2-18) e. Bidh ceò ann.
- (C3-2-2-19) f. Bidh reothadh ann.
- (C3-2-2-20) g. Bidh frasan ann.
- (C3-2-2-21) h. Bidh a' ghrian ann.

(C3-2-2-22) Earrann 4 (10. Èist Bidh stoirm ann)

- (C3-2-2-23) Madainn mhath. Seo agaibh an t-side anns na h-Eileanan còmhla riumsa lain Mac an Tòisich.

Ann an Leòdhas, bidh ceò ann agus bidh an t-uisge ann.

Anns na Hearadh, bidh a' ghrian ann ach bidh frasan ann cuideachd.

Ann an Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas bidh stoirm ann agus bidh an t-uisge ann cuideachd.

Anns an Eilean Sgitheanach bidh reothadh agus sneachd ann.

Gu deas, ann am Muile bidh frasan agus tàirneanaich is dealanaich ann agus ann an Ile cha bhi latha math ann idir. Bidh sneachd agus ceò ann agus an uair sin bidh stoirm, tàirneanaich is dealanaich ann cuideachd.

Abair latha anns na h-Eileanan! Fuirichibh a-staigh! Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-2-2-24) Earrann 5 (14. Èist Tha i gu bhith fliuch agus 15. Èist Tha sneachd gu bhith ann)

- (C3-2-2-25) a. Na h-Eileanan Siar: Tha i gu bhith fliuch anns a' mhadainn, ach bidh i tioram feasgar. Bidh i gu math fuar fad an latha agus bidh sneachd ann a-nochd.
- (C3-2-2-26) b. Inbhir Nis agus an ceann a tuath: Tha i gu bhith tioram agus sgòthach fad an latha. Tha i gu bhith garbh a-nochd agus bidh an t-uisge ann.
- (C3-2-2-27) c. Obar Dheathain agus an taobh sear: Bidh i blàth, grianach agus ciùin fad an latha ach bidh stoirm agus tàirneanaich is dealanaich ann a-nochd.
- (C3-2-2-28) d. Dùn Èideann agus an ceann a deas: Tha i gu bhith fuar anns a' mhadainn, ach bidh i nas blàithe feasgar. Bidh ceò agus frasan ann a-nochd.
- (C3-2-2-29) e. Glaschu agus an taobh siar: Bidh i sgòthach anns a' mhadainn agus tha i gu bhith garbh cuideachd. Feasgar, bidh i ciùin, ach nas fhuair. Bidh reothadh ann a-nochd.



(C3-2-2-30) Earrann 6 (20. Èist Na ràithean)

- (C3-2-2-31) a. An t-earrach. Is toigh leam an t-earrach.
 b. An samhradh. Tha an samhradh a' còrdadh rium.
 c. Am foghar. Is toigh leam am foghar.
 d. An geamhradh. Cha toigh leam an geamhradh.
 e. An t-earrach, an samhradh, am foghar, an geamhradh.

(C3-2-2-32) Earrann 7 (21. Èist Is fheàrr leam an samhradh)

- (C3-2-2-33) a. Beathag: Dè an ràithe as fheàrr leat, a Mhicheil?
 Micheal: Hmm, is fheàrr leam an geamhradh.
 Beathag: An geamhradh. Carson?
 Micheal: 'S toigh leam an sneachd agus tha sgitheadh a' còrdadh rium.
 Beathag: Tapadh leat.
- (C3-2-2-34) b. Beathag: A Lionsaidh, dè an ràithe as fheàrr leatsa?
 Lionsaidh: Tha sin furasta! Is fheàrr leam an samhradh.
 Beathag: Carson?
 Lionsaidh: Tha sin furasta cuideachd. Is toigh leam a' ghrian.
 Cha toigh leam an t-uisge idir. Agus is toigh leam reòiteagan!
- (C3-2-2-35) c. Beathag: A Ghòrdain, dè an ràithe as fheàrr leat?
 Gòrdan: Dè? Chan eil mi a' tuigsinn.
 Beathag: Dè an seusan as fheàrr leat?
 Gòrdan: An seusan ball-coise.
 Beathag: Na bi gòrach, a Ghòrdain. An t-earrach, an samhradh, am foghar no an geamhradh?
 Gòrdan: Ceart gu leòr. Is fheàrr leamsa an t-earrach.
 Beathag: Carson?
 Gòrdan: Tha mo cho-là-breith anns an earrach, chan eil i ro bhlàth agus chan eil i ro fhuar. Bidh mi ag obair air na h-uain còmhla ri m' athair cuideachd.
 Beathag: Tapadh leat.



(C3-2-2-36) d. Beathag: A Raonaid, dè an ràithe as fheàrr leat?

Raonaid: Is fheàrr leam am foghar.

Beathag: Carson?

Raonaid: Chan eil fhios agam carson.

Beathag: Tapadh leat.

(C3-2-2-37) e. Beathag: A Sheumais!

Seumas: Seadh.

Beathag: Dè an ràithe as fheàrr leat fhèin?

Seumas: Is fheàrr leam an samhraidh.

Beathag: Carson?

Seumas: Uill, tha i blàth, grianach agus tioram. Thèid mi dhan tràigh agus is toigh leam a bhith a' snàmh anns a' mhuir.

Beathag: Tapadh leat.

(C3-2-2-38) Earrann 8 (24. Òist Tha a màthair às an Òban agus 25. Òist Tha a màthair à Uibhist)

(C3-2-2-39) a. Seo Ciorstaidh. Tha Ciorstaidh à Glaschu ach tha a màthair às an Òban.

(C3-2-2-40) b. Seo Iain. Tha e à Leòdhas ach tha a màthair à Uibhist.

(C3-2-2-41) c. Seo Catriona. Tha seacaid oirre. Tha a seacaid gorm.

(C3-2-2-42) d. Seo Niall. Tha geansaidh air Niall. Tha a gheansaidh donn.

(C3-2-2-43) e. Seo Mòrag. Tha a bràthair, Calum, ceithir-deug.

(C3-2-2-44) f. Seo Màrtainn. Tha a phiuthar, Màiri trì.

(C3-2-2-45) Earrann 9 (27. Òist Dè nì sinn ma bhios i fliuch?)

(C3-2-2-46) a. Catriona: Dè tha thu a' dèanamh air an deireadh sheachdain, a Mhàiri?

Màiri: Ma bhios i grianach Disathairne, thèid mi dhan tràigh, ach ma bhios an t-uisge ann, thèid mi dhan amar-snàmh.

(C3-2-2-47) b. Daibhidh: Iain?

Iain: Seadh.

Daibhidh: An urrainn dhut ball-coise a chluich Disathairne?



Iain: 'S urrainn, ach dè nì sinn ma bhios i fliuch?
 Daibhidh: Cluichidh sinn geamannan coimpiutair ma bhios i fliuch.
 Iain: Glè mhath.

- (C3-2-2-48) c. Aimidh: A Shìne, ma bhios i blàth Disathairne, an gabh sinn biadh anns a' phàirc?
 Sìne: Gabhaidh. Bidh sin math. Ach ma bhios i fuar a-muigh, an tèid sinn dhan chafaidh?
 Aimidh: Thèid.
- (C3-2-2-49) d. Dòmhnall: Tha bàta ùr aig m' athair. Tha i brèagha. Bidh sinn a' dol a-mach anns a' bhàta Disathairne ma bhios latha ciùin ann. Ach ma bhios i garbh, bidh sinn ag iasgach aig a' chidhe.
- (C3-2-2-50) e. Karen: An tèid sinn a-mach air baidhsagalan Disathairne, a Nèill?
 Niall: Chan eil fhios agam. Tha i gu bhith fliuch agus fuar Disathairne, tha mi a' smaoin eachadh.
 Karen: Ò uill. Ma tha i fliuch agus fuar, cluichidh sinn snuair, an cluich?
 Niall: Cluichidh agus ma tha latha math ann, thèid sinn a-mach air baidhsagalan.
 Karen: Glè mhath.

(C3-2-2-51) Earrann 10 (Sùil air ais 3 Òist Bidh i tioram ann an ceann a tuath na h-Alba

- (C3-2-2-52) a. Madainn mhath. Is mise Mòrag Anna NicCoinnich agus seo agaibh an t-sìde airson Alba an-diugh. Ann an ceann a tuath na h-Alba, bidh reothadh ann. Bidh i fuar ach tioram fad an latha.
- (C3-2-2-53) b. Air an taobh sear, bidh i blàth ach fliuch.
- (C3-2-2-54) c. Air an taobh siar, bidh i fuar agus bidh stoirm ann feasgar.
- (C3-2-2-55) d. Agus anns a' cheann a deas, tha i gu bhith nas fheàrr. Bidh a' ghrian ann agus bidh i ciùin. Sin agaibh an t-sìde. Mar sin leibh an-dràsta.



(C3-2-2-56) Earrann 11 (Cultar Òran na Maighdinn-mhara)

(C3-2-2-57) A-mach air bhàrr nan stuagh ri gaillinn

Fuachd is feannadh fad o thìr

Bha mo ghaol dhut daonnan fallain

Ged is maighdeann-mhara mi.

U-bha is na hoireann u bha

U-bha is na hoireann i

U-bha is na hoireann u bha

'S ann le foill a mheall thu mi.

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach

Nuair bhios buaireas air an t-sid'

Bha mi 'raoir an Coire Bhreacain

Bidh mi 'nochd an Eilean Idh'.

Seall is faic an grunn na fairge

Uamhan airgid 's òir gun dìth

Lainnreachd chan fhaca sùil e

Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

(Seumas Camshron – An Comunn Gàidhealach)

(C3-2-2-58) Earrann 12 (Ceum a bharrachd 1 Èist An t-sìde anns an Roinn Eòrpa)

(C3-2-2-59) a. Madainn mhath. Seo agaibh an t-sìde anns an Roinn Eòrpa an-diugh. Anns a' Bheilg, bidh i grianach agus ciùin fad an latha.

(C3-2-2-60) b. Anns an Fhraing, bidh i tioram agus blàth le frasan.

(C3-2-2-61) c. Anns a' Ghearmailt, bidh stoirm ann le tàirneanaich agus dealanaich.


(C3-2-2-62) d. Bidh i fuar le frasan sneachd ann an Sasainn, Èirinn agus anns a' Chuimrigh an-diugh.

(C3-2-2-63) e. Bidh i grianach agus blàth fad an latha anns an Spàinn.

(C3-2-2-64) f. Bidh i tioram anns an Eadailt agus anns a' Ghrèig an-diugh, ach bidh i sgòthach.

(C3-2-2-65) g. Anns an Òlaind, bidh an t-uisge ann, ach cha bhi i ro fhuar.





ceumannan

3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-3-1-1) Ceumannan 3 Modal 3 Aonad 1 Earrannan èisteachd

(C3-3-1-2) Earrann 1 (1. Èist Anns an taigh)

- (C3-3-1-3) a. An cidsin
(C3-3-1-4) b. An rùm-suidhe
(C3-3-1-5) c. An rùm-bìdh
(C3-3-1-6) d. An rùm-cadail
(C3-3-1-7) e. An rùm-ionnlaid
(C3-3-1-8) f. An trannsa
(C3-3-1-9) g. A' gharaid
(C3-3-1-10) h. An gàrradh

(C3-3-1-11) Earrann 2 (2. Èist Seo an rùm-suidhe)

- (C3-3-1-12) a. Ceit: Hallò. Thigibh a-staigh. Is mise Ceit.
Raonaid: Hallò, a Cheit. Is mise Raonaid agus seo Fionnlagh.
Ceit: Hallò. Ceart. Seo an trannsa.
Raonaid: Glè mhath. Tha e snog.
- (C3-3-1-13) b. Ceit: Agus seo an cidsin.
Fionnlagh: Ò, is toigh leam an cidsin! Tha còcaireachd a' còrdadh rium.
- (C3-3-1-14) c. Ceit: Tha rùm-bìdh an seo cuideachd.
Raonaid: Ò, seall Fhionnlaigh! Chan eil rùm-bìdh againn an-dràsta idir.
- (C3-3-1-15) d. Ceit: Agus seo an rùm-suidhe.
Raonaid: Tha e mòr.
- (C3-3-1-16) e. Ceit: Nise, thèid sinn suas an staidhre. (fuaim dìreadh na staidhre) Agus seo agaibh an rùm-ionnlaid.
Raonaid: Is fìor thoigh leam na dathan.
- (C3-3-1-17) f. Ceit: Agus seo agaibh an rùm-cadail.
Fionnlagh: Hmm, tha e caran beag.
Ceit: Tha.
- (C3-3-1-18) g. Ceit: Thèid sinn sìos an staidhre. Nise, an tèid sinn a-mach?
Fionnlagh: Thèid. Siuthad ma-thà.



- Ceit: Seo an gàrradh beag.
- Raonaid: Bidh seo math. Tha cù againn.
- (C3-3-1-19) h. Fionnlagh: Tha càr againn cuideachd. A bheil garaids agaibh?
- Ceit: Tha. Seo a' gharaid.
- Raonaid: Math dhà-rìribh.
- Fionnlagh: Uill, tapadh leibh, a Cheit. Tha taigh uabhasach snog agaibh.
- Raonaid: Tha, gu dearbh.
- Ceit: Tapadh leibh. Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-3-1-20) Earrann 3 (4. Òist Shìos an staidhre agus 5. Òist Shuas an staidhre)

- (C3-3-1-21) Hai, is mise Eilidh Nic-a-phì. Tha mi a' fuireach ann an taigh beag geal. Tha m' athair, mo mhàthair agus mo bhràthair a' fuireach ann cuideachd.
- Trobadaibh agus seallaidh mi an taigh dhuibh!
- Shìos an staidhre tha trannsa, rùm-suidhe, cidsin, rùm-bìdh agus aon rùm-cadail.
- Shuas an staidhre tha dà rùm-cadail agus rùm-ionnlaid ann.
- Is toigh leam an taigh agam. Chan eil e mòr, ach tha e snog.

(C3-3-1-22) Earrann 4 (11. Òist An rùm agam)

- (C3-3-1-23) a. leabaidh
- (C3-3-1-24) b. cuibhrig
- (C3-3-1-25) c. cluasag
- (C3-3-1-26) d. bòrd
- (C3-3-1-27) e. lampa
- (C3-3-1-28) f. cloc
- (C3-3-1-29) g. preasa



- (C3-3-1-30) h. preas-aodaich
- (C3-3-1-31) i. ciste-dhràthraichean
- (C3-3-1-32) j. deasg
- (C3-3-1-33) k. sèithear
- (C3-3-1-34) l. sgeilpichean
- (C3-3-1-35) m. sgàthan
- (C3-3-1-36) n. cùirtearan
- (C3-3-1-37) o. plannt

(C3-3-1-38) Earrann 5 (12a. Tha cùirtearan gorma agam agus 12b. Òist Tha leabhraichean air na sgeilpichean)

- (C3-3-1-39) a. Is mise Somhairle. Tha mi ceithir-deug agus tha mi a' fuireach ann an Alanais. Tha rùm-cadail mòr agam agus 's fìor thoigh leam e. Tha an rùm gorm agus tha cùirtearan gorm agam cuideachd. Tha leabaidh, preas-aodaich, deasg agus sèithear agam. Tha postairean ball-coise air a' bhalla agus tha telebhisean anns an oisean.
- (C3-3-1-40) b. Hai! Is mise Cairistiona Cheanadach agus tha mi a' fuireach ann an Steòrnabhagh ann an Leòdhas. Anns an rùm agam tha leabaidh, bòrd beag, lampa, ciste-dhràthraichean agus preas-aodaich. Tha teadaidh air an leabaidh. Tha sgàthan air a' bhalla agus plannt air a' bhòrd. Tha an rùm-cadail agam uabhasach beag. Tha mi ag iarraidh rùm nas motha.
- (C3-3-1-41) c. Hallò. Is mise Dòmhnall Iain Mac an Tòisich – no DJ. Anns an rùm-cadail agam tha leabaidh, ciste-dhràthraichean agus preas-aodaich. Tha bòrd beag ann cuideachd. Air a' bhòrd tha cloc agus lampa. Tha sgeilpichean agus sgàthan ann cuideachd. Tha leabhraichean air na sgeilpichean.

(C3-3-1-42) Earrann 6 (16. Òist Càit a bheil teadaidh?)

- (C3-3-1-43) a. Tha teadaidh anns a' chàr.
- (C3-3-1-44) b. Tha teadaidh air a' chàr.
- (C3-3-1-45) c. Tha teadaidh air cùl a' chàir.
- (C3-3-1-46) d. Tha teadaidh ri taobh a' chàir.
- (C3-3-1-47) e. Tha teadaidh air beulaibh a' chàir.



(C3-3-1-48) Earrann 7 (17. Èist An rùm aig Anna)

- (C3-3-1-49) a. Tha cùirtearan air an uinneig.
- (C3-3-1-50) b. The sgeilpichean anns an oisean, ri taobh na h-uinneige.
- (C3-3-1-51) c. Tha an leabaidh ri taobh nan sgeilpichean.
- (C3-3-1-52) d. Tha cluasagan agus cuibhric phinc air an leabaidh.
- (C3-3-1-53) e. Tha ciste-dhràthraichean ri taobh na leapa.
- (C3-3-1-54) f. Tha lampa air a' chiste-dhràthraichean.
- (C3-3-1-55) g. Tha am preas-aodaich ri taobh na ciste-dhràthraichean.
- (C3-3-1-56) h. Tha bòrd air cùl an dorais.
- (C3-3-1-57) i. Tha coimpiutair-uchd, dealbhan agus peansailean air a' bhòrd.
- (C3-3-1-58) j. Tha lampa ri taobh a' choimpiutair-uchd.
- (C3-3-1-59) k. Tha sèithear air beulaibh a' bhùird.
- (C3-3-1-60) l. Tha cluasag air an t-sèithear.
- (C3-3-1-61) m. Tha brat-ùrlair beag geal air an làr.

(C3-3-1-62) Earrann 8 (18. Èist An rùm aig Ailean)

- (C3-3-1-63) a. Tha sgàthan air cùl an dorais agus tha postairean James Bond air a' bhalla.
- (C3-3-1-64) b. Tha sgeilpichean air a' bhalla air cùl na leapa.
- (C3-3-1-65) c. Tha leabhraichean air na sgeilpichean.
- (C3-3-1-66) d. Tha am preas-aodaich anns an oisean.
- (C3-3-1-67) e. Tha telebhisean shuas air a' phreas-aodaich.
- (C3-3-1-68) f. Tha sèithear mòr ri taobh na h-uinneige.
- (C3-3-1-69) g. Tha cloc air a' bhòrd ri taobh an t-sèithir.
- (C3-3-1-70) h. Tha plannt air beulaibh na h-uinneige.
- (C3-3-1-71) i. Tha an rùm-cadail beag agus mì-sgiobalta.
- (C3-3-1-72) j. Tha brògan agus aodach air an làr.

(C3-3-1-73) Earrann 9 (Sùil air ais 2 Èist An taigh agam)

- (C3-3-1-74) Is mise Lucy NicLeòid agus tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha an taigh agam ann am meadhan a' bhaile. Tha e uabhasach beag ach is toigh leam




e. Tha mi a' fuireach còmhla ri mo mhàthair. Tha dà rùm-cadail agus rùm-ionnlaid anns an taigh. Tha cidsin beag agus rùm-suidhe ann cuideachd. Tha gàrradh beag air beulaibh an taighe.

(C3-3-1-75) Earrann 10 (Sùil air ais 4a, b agus c Èist Anns an rùm agam 1, 2 agus 3)

(C3-3-1-76) Tha an rùm-cadail agam caran beag. Tha an leabaidh anns an oisean agus tha ciste-dhràthraichean ri taobh na leapa. Air a' chiste-dhràthraichean tha coimpiutair-uchd agus an t-òr-iasg agam. Tha sèithear ann an oisean eile ri taobh a' phreas-aodaich. Tha sgeilpichean agam air a' bhalla. Tha DVDs agus leabhraichean air na sgeilpichean.





ceumannan

3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-3-2-1) Ceumannan 3 Modal 3 Aonad 2 Earrannan Èisteachd

(C3-3-2-2) Earrann 1 (1. Èist Sin bùth a' bhèiceir)

- (C3-3-2-3) a. Seo bùth a' bhùidseir.
 (C3-3-2-4) b. Sin bùth a' bhèiceir.
 (C3-3-2-5) c. Sin bùth nam pàipearan.
 (C3-3-2-6) d. Seo bùth an aodaich.
 (C3-3-2-7) e. Seo bùth an èisg.
 (C3-3-2-8) f. Sin oifis a' phuist.
 (C3-3-2-9) g. Sin bùth nam bròg.
 (C3-3-2-10) h. Seo an stèisean.
 (C3-3-2-11) i. Seo an stèisean-poilis.
 (C3-3-2-12) j. Sin bùth a' ghrosair.
 (C3-3-2-13) k. Seo bùth nam measan.
 (C3-3-2-14) l. Agus seo bùth na h-àirneis.

(C3-3-2-15) Earrann 2 (2. Èist Tìmcheall a' bhaile)

- (C3-3-2-16) Sine: Seo am baile agam – Inbhir Narainn. 'S e baile beag snog a th' ann. Seall, sin bùth an èisg. Agus ri taobh bùth an èisg, tha bùth a' ghrosair.
- Iain: An e sin bùth an aodaich, a Shìne? Tha mi ag iarraidh lèine-T.
- Sine: Chan e. Sin bùth nam bròg. Chan eil aodach aca.
- Iain: Agus dè tha sin?
- Sine: Sin an stèisean-poilis. A bheil thu ag iarraidh a dhol a-steach?
- Iain: Chan eil gu dearbh! Agus an e sin am banca?
- Sine: Chan e. Sin oifis a' phuist. Ach gheibh thu airgead ann cuideachd. Mmm, 's e seo a' bhùth as fheàrr leam. Seo bùth a' bhèiceir. Gheibh thu cèicean uabhasach math an-seo. Nise seo agad bùth an aodaich. An tèid sinn a-steach? Tha lèintean-T snog aca.
- Iain: Thèid.



(C3-3-2-17) Earrann 3 (4a. Òist Feumaidh mi a dhol dhan bhaile agus 4b. Òist An liosta)

- (C3-3-2-18) Mam: Nise. Feumaidh mi a dhol dhan bhaile. Nì mi liosta. Feumaidh mi a dhol gu bùth a' bhùidseir, bùth an èisg, bùth a' ghrosair, bùth nam measan, bùth nam pàipearan agus bùth na h-àirneis.
- Sine: Bidh sibh trang, a Mham! Dè tha sibh a' dol a cheannach?
- Mam: Tha mi ag iarraidh feòil agus isbeanan ann am bùth a' bhùidseir. Gheibh mi iasg ann am bùth an èisg. Briosgaidean agus bainne ann am bùth a' ghrosair. Orainsearean, uinneanan agus ùbhlàn ann am bùth nam measan. Iris ann am bùth nam pàipearan agus tha an lampa anns an rùm agadsa briste. Feumaidh mi lampa ùr a cheannach ann am bùth na h-àirneis.
- Sine: Am faigh mi lampa pinc, mas e ur toil e?
- Mam: Chì mi dè th' anns a' bhùth, a Shìne. Ach an toiseach, feumaidh mi a dhol dhan bhanca. Feumaidh mi airgead.
- Sine: Feumaidh!

(C3-3-2-19) Earrann 4 (8. Òist Tha oifis a' phuist mu choinneimh bùth a' bhèiceir)

- (C3-3-2-20) a. Seonag: Gabh mo leisgeul. Càit a bheil bùth nam bròg?
Tòmas: Tha i ri taobh bùth a' bhùidseir.
Seonag: Rì taobh bùth a' bhùidseir? Tapadh leibh.
- (C3-3-2-21) b. Calum: Gabhaibh mo leisgeul. A bheil bùth an aodaich anns a' bhaile seo?
Daibhidh: Tha, gu dearbh. Tha i faisg air bùth nam bròg.
- (C3-3-2-22) c. Mòrag: Càit a bheil an stèisean-poilis?
Catrìona: Tha an stèisean-poilis air cùl oifis a' phuist.
- (C3-3-2-23) d. Iain: Gabh mo leisgeul. A bheil bùth nam measan faisg air seo?
Karen: Tha. Tha i mu choinneimh bùth an èisg.
- (C3-3-2-24) e. Dòmhnall: Càit a bheil bùth a' ghrosair mas e do thoil e?
Pàdraig: Hmm. Fuirich mionaid! Tha i mu choinneimh bùth na h-àirneis, tha mi a' smaoineachadh.



(C3-3-2-25) Earrann 5 (13a. Òist Càit a bheil an sgoil?)

- (C3-3-2-26) Mam: Ceart. An uair a thig thu a-mach às an stèisean, theirig gu do làimh dheis. Feumaidh tu a dhol sìos an rathad sin agus a dhol gu do làimh chli aig an eaglais.
- Iain: Seadh. A-mach às an stèisean, gu mo làimh dheis agus gu mo làimh chli aig an eaglais.
- Mam: Ceart. Agus cùm ort sìos an rathad sin agus an uair sin, tionndaidh gu do làimh dheis. Tha an sgoil shìos an sin ri taobh na pàirce.
- Iain: Glè mhath. Mòran taing, a mham.

(C3-3-2-27) Earrann 6 (17. Òist Gabh a' chiad rathad...!)

- (C3-3-2-28) a. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul. A bheil fios agaibh càit a bheil an t-ospadal?
- Mòrag: Tha. Feumaidh tu a dhol sìos an rathad seo. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli agus an dàrna rathad gu do làimh chli a-rithist. Tha an t-ospadal shìos an sin.
- Alasdair: Tapadh leibh.
- Mòrag: 'S e do bheatha.
- (C3-3-2-29) b. Alasdair: Gabh mo leisgeul.
- Màiri: Seadh.
- Alasdair: A bheil fhios agad càit a bheil an sgoil?
- Màiri: Tha. Theirig sìos an rathad seo. Tionndaidh gu do làimh chli. Theirig sìos Rathad MhicLeòid agus gabh an dàrna rathad gu do làimh dheis. Chì thu an sgoil an sin air do làimh chli.
- Alasdair: Tapadh leat.
- Màiri: 'S e do bheatha.
- (C3-3-2-30) c. Alasdair: Gabh mo leisgeul. A bheil fhios agad càit a bheil an taigh-òsta?
- Daibhidh: Tha. Tha mi ag obair ann. Theirig sìos an rathad agus gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. An uair sin, gabh a' chiad rathad gu do làimh chli a-rithist. Chì thu an taigh-òsta aig ceann an rathaid.



Alasdair: Mòran taing.

Daibhidh: 'S e do bheatha.

(C3-3-2-31) d. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul.

Ceitidh: Seadh, a m'èudail?

Alasdair: A bheil fhios agaibh càit a bheil bùth a' bhèiceir?

Ceitidh: Bùth a' bhèiceir? O, seadh. Theirig sìos an rathad. Tionndaidh gu do làimh chlì. Tha thu air Rathad MhicLeòid an uair sin. Theirig sìos an rathad agus gabh an dàrna rathad air do làimh dheis. Tha bùth a' bhèiceir air Rathad na Sgoile, air do làimh dheis.

Alasdair: Tapadh leibh.

Ceitidh: 'S e do bheatha, a ghràidh.

(C3-3-2-32) e. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul.

Emma: Seadh?

Alasdair: Tha mi air chall. A bheil oifis a' phuist air an rathad seo?

Emma: Chan eil mi cinnteach. Chan eil mi a' fuireach an seo. Ach theirig sìos an rathad seo, gabh a' chiad rathad gu do làimh chlì agus an uair sin a' chiad rathad gu do làimh dheis.

Alasdair: Mòran taing. Feumaidh mi litir a chur gu mo mhàthair.

Emma: 'S e do bheatha. 'S e gille laghach a th' annad.

(C3-3-2-33) f. Alasdair: Gabh mo leisgeul.

Dòmhnall: Seadh.

Alasdair: Càit a bheil bùth nam pàipearan, mas e do thoil e?

Dòmhnall: Bùth nam pàipearan? Tha sin furasta. Theirig suas an rathad seo. Gabh an treas rathad gu do làimh chlì. Chì thu bùth nam pàipearan air do làimh dheis an sin.

Alasdair: Tapadh leat. Tha mi ag iarraidh pàipear airson na trèana.

Dòmhnall: Gheibh thu pàipearan gu leòr an sin. Mar sin leat!

(C3-3-2-34) Earrann 7 (Sùil air ais 3a Baile na Mara 1)

(C3-3-2-35) a. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chlì agus a' chiad rathad gu do làimh chlì a-rithist. Tha e aig ceann Sràid na Pàirce air do làimh dheis.



- (C3-3-2-36) b. Cùm ort suas an rathad seo. Tha i air an treas rathad air do làimh chli. Chì thu i air do làimh dheis.
- (C3-3-2-37) c. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. Cùm ort suas an rathad. Gabh an dàrna rathad air do làimh dheis. Tha i an sin air Rathad na Sgoile air do làimh dheis.
- (C3-3-2-38) d. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. Cùm ort suas an rathad. Gabh an dàrna rathad air do làimh chli. Tha e air Rathad na Sgoile air do làimh chli.

**(C3-3-2-39) Earrann 8 (Ceum a bharrachd 5 Leugh/Èist
Air chall ann an New York)**

(C3-3-2-40) Air chall ann an New York

Bha mi fhèin agus Seumas ann an New York an-uiridh. Abair baile mòr! Tha m' uncail a' fuireach ann agus chaidh sinn ann air a' phlèan à Glaschu. Nuair a bha am plèan a' tighinn a-steach dhan bhaile, chunnaic sinn na togalaichean àrda ann am meadhan a' bhaile agus ìomhaigh Liberty cuideachd. Nuair a ràinig am plèan, bha latha brèagha ann. Bha i grianach agus uabhasach blàth. Fhuair sinn ar bagaichean agus chaidh sinn a-mach. Cha robh m' uncail ann! Dh'fhuirich sinn aig an doras airson fichead mionaid ach cha robh sgeul air. Càit an robh e? An robh rudeigin ceàrr? "Fònaidh mi dhan taigh aige," thuirt mi ri Seumas. Ach, cha robh am fòn-làimhe ag obair. "Dè nì sinn a-nis?" dh'fhaighnich Seumas. "Tha fhios agam," arsa mise. "Gheibh sinn tagsaidh." Chaidh sinn a-mach airson tagsaidh, ach bha an tagsaidh a' dol a chosg ceud dolair.

An uair sin, chunnaic mi poileas. "Taing do shealbh!" thuirt mi rium fhèin, agus chaidh mi a bhruidhinn ris.

"Gabhaibh mo leisgeul," thuirt mi.

"Seadh?" thuirt am poileas.

"Tha m' uncail air chall, tha mi a' smaoinichadh. Thàinig sinn à Alba an-diugh agus chan eil e an-seo. Chan urrainn dhomh fònadh agus chan eil airgead gu leòr againn airson tagsaidh.

"Feumaidh tu a dhol dhan stèisean-phoilis," thuirt e. "Sìos an trannsa an sin gu do làimh chli. Tha an stèisean shìos an-sin, an dàrna doras a chì thu gu do làimh dheis," thuirt am poileas. "Gheibh thu fòn an sin cuideachd."




“Tapadh leibh,” fhreagair mi.

Chaidh sinn sìos an trannsa agus fhuair sinn an doras ceart. Dh’fhosgail mi an doras agus chaidh sinn a-steach. Cò bha ann ach m’ uncail!

“Taing do shealbh,” thuirt e. “Bha eagal orm gun robh sibh air chall ann an New York!”





ceumannan 3

Ceumannan 3

Earrannan Èisteachd
Listening Extracts



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

(C3-1-1-1) **Modal 1 Aonad 1**
Earrannan Èisteachd

(C3-1-1-2) **Earrann 1 (3. Èist Dè nì mi?)**

- (C3-1-1-3) a. Bruidhnidh mi ri mo charaidean air a' fòn.
(C3-1-1-4) b. Sgrìobhaidh mi post-dealain.
(C3-1-1-5) c. Coimheadaidh mi an TBh.
(C3-1-1-6) d. Leughaidh mi leabhar.
(C3-1-1-7) e. Cluichidh mi iomain.
(C3-1-1-8) f. Ceannaichidh mi suiteis.
(C3-1-1-9) g. Èistidh mi ri ceòl.
(C3-1-1-10) h. Gabhaidh mi grèim bìdh.
(C3-1-1-11) i. Nighidh mi m' fhalt.

(C3-1-1-12) **Earrann 2 (4. Èist Dè nì iad?)**

- (C3-1-1-13) a. Cluichidh Ailean iomain. Tha e uabhasach math air iomain.
(C3-1-1-14) b. Èistidh Beathag ris an rèidio. Tha ceòl math air.
(C3-1-1-15) c. Sgrìobhaidh Daibhidh post-dealain gu Màiri.
(C3-1-1-16) d. Ceannaichidh Ruairidh suiteis. Is toigh leis seòclaid.
(C3-1-1-17) e. Gabhaidh Eilidh grèim bìdh. Tha an t-acras oirre.
(C3-1-1-18) f. Leughaidh Magaidh leabhar. Is toigh leatha leughadh.
(C3-1-1-19) g. Nighidh Catriona a falt. Tha i a' dol gu partaidh a-nochd.

(C3-1-1-20) **Earrann 3 (9a. Bìdh Gòrdan trang agus 9b. Nì mi obair-dachaigh)**

- (C3-1-1-21) a. An dèidh na sgoile, nì mi obair-dachaigh Matamataig. Is beag orm obair-dachaigh!
(C3-1-1-22) b. An dèidh sin, coisichidh mi dhan phàirc leis a' chù agam, Sparky. Is toigh le Sparky cluich le ball.
(C3-1-1-23) c. Gabhaidh mi dinnear aig sia uairean. 'S e iasg am biadh as fheàrr leam.
(C3-1-1-24) d. Cuiridh mi post-dealain gu mo charaid Seòras. Tha Seòras a' fuireach ann an Ceap Breatann.
(C3-1-1-25) e. An uair sin, cluichidh mi geamannan air a' choimpiutair.



- (C3-1-1-26) f. Èistidh mi ris an rèidio. Bidh gèam ball-coise air. Tha Dùn Dèagh a' cluich Obar Dheathain.
- (C3-1-1-27) g. Bidh an t-acras orm a-rithist agus gabhaidh mi suipear. Gabhaidh mi glainne bainne agus briosaidean.
- (C3-1-1-28) h. Mar as trice, thèid mi dhan leabaidh mu dheich uairean.

(C3-1-1-29) Earrann 4 (11. Èist Cha sheinn mi)

- (C3-1-1-30) a. Cha sheinn mi aig a' chonsairt. Tha m' amhach goirt.
- (C3-1-1-31) b. Cha dhùin mi an doras. Tha e blàth anns an rùm.
- (C3-1-1-32) c. Chan èist mi ris an CD. Cha toigh leam ceòl pop.
- (C3-1-1-33) d. Cha sgrìobh mi litir. Cha toigh leam sgrìobhadh idir.
- (C3-1-1-34) e. Chan fhosgail mi mo bhaga. Chan eil an obair-dachaigh agam.
- (C3-1-1-35) f. Cha chluich mi rugbaidh a-nochd. Tha mi uabhasach sgèith.
- (C3-1-1-36) g. Cha chuir mi air an TBh. Chan eil prògram math air an-dràsta.
- (C3-1-1-37) h. Chan òl mi cupa tì. Chan eil am pathadh orm.
- (C3-1-1-38) i. Cha bhruidhinn mi ri Calum. Tha e cho crosta.
- (C3-1-1-39) j. Cha dhanns mi aig a' chèilidh. Chan eil dannsa a' còrdadh rium.

(C3-1-1-40) Earrann 5 (12. Èist Cha ghabh mi)

- (C3-1-1-41) a. Cha ghabh mi siùcar anns a' chofaidh.
- (C3-1-1-42) b. Cha sheinn mi aig a' Mhòd.
- (C3-1-1-43) c. Sgrìobhaidh mi litir.
- (C3-1-1-44) d. Dùinidh mi an doras.
- (C3-1-1-45) e. Chan òl mi còc.
- (C3-1-1-46) f. Dannsaidh mi aig a' chèilidh.
- (C3-1-1-47) g. Chan ith mi currain. Euch!
- (C3-1-1-48) h. Suidhidh mi ri taobh lain air a' bhus.
- (C3-1-1-49) i. Cha leugh mi leabhar. 'S fheàrr leam coimhead an TBh.
- (C3-1-1-50) j. Chan fhosgail mi an uinneag. Tha e fuar an-diugh.



(C3-1-1-51) Earrann 6 (14. Èist An èist thu?)

- (C3-1-1-52) a. An danns thu aig a' chèilidh?
- (C3-1-1-53) b. An cluich thu iomain?
- (C3-1-1-54) c. Am bruidhinn thu ris an tidsear?
- (C3-1-1-55) d. An èist thu ris an CD?
- (C3-1-1-56) e. An sgrìobh thu litir?
- (C3-1-1-57) f. An leugh thu an leabhar?
- (C3-1-1-58) g. An suidh thu aig an deasg?
- (C3-1-1-59) h. An coimhead thu air an TBh?

(C3-1-1-60) Earrann 7 (15a. Clas trang agus 15b. An cuir thu dhìot do sheacaid? agus 15c. Bruidhnidh mi ris)

- (C3-1-1-61) a. Mgr Robasdan: Iain, an cuir thu dhìot do sheacaid?
Iain: Cha chuir.
Mgr Robasdan: Iain...
Iain: Ach tha mi fuar!
Mgr Robasdan: Iain, cuir dhìot do sheacaid sa mhionaid!
Iain: Ceart ma-thà. Cuiridh.
- (C3-1-1-62) b. Mgr Robasdan: Anna, am bruidhinn thu ri Mgr MacLeòid an-dràsta?
Anna: Bruidhnidh.
Mgr Robasdan: Siuthad ma-thà!
- (C3-1-1-63) c. Mgr Robasdan: A Ruairidh, an èist thu ris an CD?
Ruairidh: Èistidh.
- (C3-1-1-64) d. Mgr Robasdan: A Shìne, trobhad! An suidh thu ri taobh Iain?
Sìne: Cha shuidh. Tha mi ag iarraidh suidhe ri taobh Eilidh.
Mgr R: A Shìne, bi modhail!



Sìne: Ceart gu leòr. Suidhidh mi ri taobh lain.

(C3-1-1-65) e. Mgr Robasdan: A Raonaid, an cluich thu a' chlàrsach aig a' chonsairt Dihaoine?

Raonaid: Cha chluich. Chan urrainn dhomh. Bidh mi a' dol gu partaidh co-là-breith Dihaoine. Tha mi duilich.

Mgr Robasdan: Ceart ma-thà.

(C3-1-1-66) f. Mgr Robasdan: A Phòil, am fosgail thu an uinneag? Tha e blàth.

Pòil: Fosglaidh.

Mgr Robasdan: Tapadh leat.

(C3-1-1-67) g. Mgr Robasdan: A Chairistiona, an cluich thu gèam còmhla ri Seumas?

Cairistiona: Och, a Mhaighstir Robasdain, cha chluich. Cha toigh leam Seumas.

Mgr Robasdan: A Chairistiona, bi modhail!

(C3-1-1-68) h. Mgr Robasdan: Fhionnlaigh, an cuir thu air an coimpiutair?

Fionnlagh: Cuiridh.

Mgr Robasdan: Sin thu fhèin.

(C3-1-1-69) i. Màrtainn: A Mhaighstir Robasdain.

Mgr Robasdan: Seadh, a Mhàrtainn.

Màrtainn: An coimhead sibh air an obair agam? Tha mi deiseil.

Mgr Robasdan: Coimheadaidh, ann am mionaid.

(C3-1-1-70) Earrann 8 (Sùil air ais 1a An dùin thu an doras?)

(C3-1-1-71) a. An ceannaich thu bainne anns a' bhùth?

(C3-1-1-72) b. An dùin thu an doras?

(C3-1-1-73) c. An òl thu glainne uisge?



- (C3-1-1-74) d. An leugh thu sgeulachd?
 (C3-1-1-75) e. An cuir thu mo leabhar nam bhaga?
 (C3-1-1-76) f. An seinn thu òran?
 (C3-1-1-77) g. An cluich thu an giotàr?

(C3-1-1-78) Earrann 9 (Sùil air ais 1b Am bruidhinn thu ri Daibhidh?)

- (C3-1-1-79) a. Am bruidhinn thu ri Daibhidh?
 (C3-1-1-80) b. Am fosgail thu an uinneag?
 (C3-1-1-81) c. An sgioblaich thu an rùm?
 (C3-1-1-82) d. An ith thu briosgaid?
 (C3-1-1-83) e. An nigh thu mo gheansaidh?
 (C3-1-1-84) f. An sgriobh thu litir?

(C3-1-1-85) Earrann 10 (Cultar Cnoc na Fèille)

(C3-1-1-86) Cnoc na Fèille

(le Calum agus Ruairidh MacDhòmhnaill, Runrig)

Gun dragh gun d' chuir e an t-eagal oirnn

Solas Cnoc na Fèille

Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Bha feadhainn ann a chunnaic e

'S càch ag innse nam breugan

Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Ach muinntir an dà shealladh

Chitheadh iadsan co-dhiù e

Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha lach is gèadh is curracag

Nan caraidean air a' mhachaire



Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha feannag air a crochadh suas
Ceangailte le ròpa
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha coineanach sa ghainmhich
Na sheasamh, abair urchair
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Sèist:

Hogainn o, hogainn o, ho ro ho ro illean
Hogainn o, ho ro illean, hogainn o horainn o.



(C3-1-2-1) Ceumannan 3 Modal 1 Aonad 2 Earrannan èisteachd

(C3-1-2-2) Earrann 1 (1. A' trod)

- (C3-1-2-3) a. Ceit: Bidh sinn ceithir-deug Dihaoine, Anndra!
Anndra: Tha fhios agam, a Cheit.
- (C3-1-2-4) b. Ceit: Dè ni sinn? Dè mu dheidhinn partaidh?
Anndra: Partaidh? Chan eil fhios agam. Iasgach? Is toigh leam iasgach.
Ceit: Iasgach? Chan eil mise no mo charaidean ag iarraidh iasgach.
- (C3-1-2-5) c. Anndra: Hmm ... rugbaidh, ma-thà? Tha gèam mòr air an TBh Dihaoine.
Ceit: Rugbaidh? Ist! Na bi gòrach! Cha toigh leam rugbaidh.
- (C3-1-2-6) d. Anndra: Dè as toigh leat ma-thà, a Cheit?
Ceit: Uill, spèileadh? No marcachd?
- (C3-1-2-7) e. Anndra: A Cheit. Bi sàmhach! Cha bhi na balaich ag iarraidh spèileadh no marcachd.
Ceit: Uill, tha iad nas fheàrr na iasgach. Mmm, tha fhios agam! Thèid sinn dhan taigh-dhealbh!
Anndra: Cha tèid. Chan eil film math air an-dràsta.
- (C3-1-2-8) f. Ceit: Fuirichidh a h-uile duine airson na h-oidhche ma-thà.
Anndra: A Cheit! Cha bhi balaich a' dèanamh rudan mar sin. Chan eil mise ag iarraidh partaidh mar sin.
Ceit: Uill, tha mise.
Anndra: Uill, chan eil mise.
- (C3-1-2-9) g. Màthair: Haoi! Bithibh sàmhach! Carson a tha sibh a' trod?
Ceit: Partaidh co-là-breith.
- (C3-1-2-10) h. Anndra: Tha beachdan Ceit cho gòrach.
Màthair: Ceart. Èistibh ri seo: dinnear an toiseach. Aig sia uairean.



- (C3-1-2-11) i. Ceit: Dè nì sinn an uair sin?
Màthair: An dèidh sin, coimheadaidh na nigheanan DVD.
- (C3-1-2-12) j. Ceit: Math dha-rìribh!
Màthair: Coimheadaidh na balaich an rugbaidh.
Anndra: Bidh sin nas fheàrr.
- (C3-1-2-13) k. Màthair: Faodaidh na nigheanan agus na balaich uile fuireach an seo Dihaoine.
Cait: Ach cha bhi rùm ann, a Mham...
Màthair: Fuirich mionaid, a Cheit! Anndra, faodaidh na balaich campachadh air a' chroit.
Anndra: Ò, sgoinneil!
- (C3-1-2-14) l. Ceit: Bidh oidhche mhath againn uile!
Anndra: Tapadh leibh, a Mham.
Cait: Feumaidh mi fònadh gu Anna.
Anndra: Haoi! Tha mise ag iarraidh fònadh gu Iain!
Màthair: Clann an latha an-diugh!

(C3-1-2-15) Earrann 2 (2. An tig thu dhan phartaidh?)
(fòn a' seirm)

- (C3-1-2-16) Ceit: Hai, a Mhàiri. Cait an seo.
Màiri: Hai, a Cheit. Dè tha dol?
Cait: Tha gu leòr. Tha co-là-breith agam fhìn agus aig Anndra Dihaoine.
Màiri: Tha fhios agam. Dè tha thu a' dol a dhèanamh?
Cait: Bidh partaidh againn. An tig thu dhan phartaidh?
Màiri: Thig. Cuin a tha am partaidh a' tòiseachadh?
Cait: Aig sia. An tig thu aig sia uairean?
Màiri: Thig. Bidh sin glè mhath.
Cait: An tig Sìne cuideachd?
Màiri: Ò, cha tig. Tha Sìne a' dol a dh'Inbhir Nis Dihaoine. Ach thig mise dhan phartaidh agad, a Cheit.



Ceit: Mòran taing. Dihaoine aig sia uairean.

Màiri: Glè mhath. Thig mi aig sia uairean. Chì mi thu an uair sin. Mòran taing.

(C3-1-2-17) Earrann 3 (3a. Èist Thigibh gu partaidh agus 3b Èist An tig thu?)

(C3-1-2-18) a. Ceit: Hai, Anna! Bidh partaidh agam Dihaoine airson mo cho-là-breith. An tig thu?

Anna: Thig gu dearbh! Dè tha thu a' dèanamh?

Ceit: Dinnear aig sia uairean agus an uair sin coimheadaidh sinn DVD.

Anna: Glè mhath.

Ceit: Chì mi a-màireach thu anns an sgoil.

Anna: Chì. Mar sin leat, a Cheit. Tapadh leat.

(C3-1-2-19) b. Ceit: Hai, Seòna.

Seòna: Hai, a Cheit. Uill? A bheil am partaidh ann?

Ceit: Tha. Dinnear agus DVD Dihaoine. An tig thu?

Seòna: Thig!

Ceit: Glè mhath.

(C3-1-2-20) c. Ceit: Hai, Karen! Ceit an seo.

Karen: Hai a Cheit. Dè tha dol?

Ceit: Tha mo cho-là-breith ann Dihaoine agus bidh partaidh agam aig an taigh.

Karen: Ò, glè mhath. 'S toigh leam partaidhean. Cuin a tha e a' tòiseachadh?

Ceit: Sia uairean. An tig thu?

Karen: Ò, cha tig. Chan urrainn dhomh. Bidh mi ag obair Dihaoine anns a' chafaidh. Tha mi duilich.

Ceit: Ceart gu leòr. Chì mi a-màireach thu anns an sgoil.

Karen: Chì. Tioraidh.

Ceit: Mar sin leat.



(C3-1-2-21) d. Ceit: Hai, a Chatrìona! An tig thu dhan phartaidh agam Dihaoine?

Catrìona: Thig. Cuin a tha e a' tòiseachadh?

Ceit: Aig sia uairean. Bidh dinnear agus DVDs ann. Am fuirich thu airson na h-oidhche cuideachd?

Catrìona: Fuirichidh. Bidh sin math.

Ceit: Duilich, feumaidh mi falbh, a Chatrìona. Feumaidh mi fònadh gu Magaidh.

Catrìona: Glè mhath. Tioraidh.

Ceit: Mar sin leat.

(C3-1-2-22) e. Ceit: Hai, a Mhagaidh! Ceit an seo. Dè tha thu a' dèanamh Dihaoine?

Magaidh: Chan eil càil.

Ceit: Bidh partaidh agam airson mo cho-là-breith. An tig thu?

Magaidh: Thig, gu dearbh.

Ceit: Sgoinneil. Bruidhnidh mi riut anns an sgoil a-màireach. Feumaidh mi fònadh gu Alison.

Magaidh: Chì mi a-màireach thu.

Ceit: Chì.

(C3-1-2-23) f. Ceit: Hai, Alison. Ceit an seo.

Alison: Hai, a Cheit. Dè tha dol?

Ceit: Tha mo cho-là-breith ann Dihaoine agus bidh partaidh agam. An tig thu?

Alison: Tha mi duilich, a Cheit, cha tig. Tha mi a' dol a Ghlaschu Dihaoine.

Chan eil mo sheanair gu math. Tha e anns an ospadal.

Ceit: Ò, tha sin duilich.

Alison: Tha.

Ceit: Uill, feumaidh mi falbh. Tha obair-dachaigh agam. Am faic mi a-màireach thu?

Alison: Chì.



- (C3-1-2-25) a. Iain: Am faic thu Màiri a-nochd?
Calum: Chì. Chì mi aig a' chlub-òigridh i.
- (C3-1-2-26) b. Sìne: Am faic thu EastEnders a-nochd?
Daibhidh: Chan fhaic. Tha mi a' cluich iomain a-nochd.
- (C3-1-2-27) c. Màrtainn: Am faic thu am ball-coise Disathairne?
Dòmhnall: Chì. Rangers agus Celtic. Bidh e math.
- (C3-1-2-28) d. Màiri: Am faic thu Seumas ann am Matamataig?
Teàrlach: Chan fhaic. Chan eil Seumas anns a' chlas agamsa idir.
- (C3-1-2-29) e. Catriona: A bheil thu a' dol dhan dannsa a-nochd, a Bheathag?
Beathag: Tha. Bidh e math.
Catriona: Am faic thu Alasdair aig an dannsa, a Bheathag?
Beathag: Chì. Tha e cho snog.

(C3-1-2-30) Earrann 5 (5. Òist Chì mi an gèam iomain)

- (C3-1-2-31) a. Màthair: Am faic thu Ruairidh san sgoil an-diugh, a Mhòrag?
Mòrag: Chì. Chì mi Ruairidh aig Beurla an-diugh.
- (C3-1-2-32) b. Daibhidh: Am faic thu an gèam iomain Disathairne, a Phòil?
Pòil: Chan fhaic. Tha mi a' dol a Ghlaschu Disathairne.
- (C3-1-2-33) c. Iain: Am faic thu an TBh a-nochd, Asif? Tha prògram math air.
Asif: Chan fhaic mi an TBh idir. Tha cus obair-dachaigh agam.
- (C3-1-2-34) d. Ùisdean: Dè tha dol a-nochd, Emma? Am faic thu Jack aig an dannsa?
Emma: Chì gu dearbh. Tha Jack a' dol ann agus tha e cho snog.
- (C3-1-2-35) e. Diane: Am faic thu Tracy Chaimbeul aig an ionad-spòrs, a Dhòmhnall?
Dòmhnall: Tracy Chaimbeul? Chan eil fhios agam. Cò tha sin?
Diane: Tracy Chaimbeul? Àrd, falt fada bàn, sùilean gorma...
Dòmhnall: Ò, seadh. Tracy Chaimbeul. Chì. Chì mi Tracy Chaimbeul aig an ionad-spòrs.



(C3-1-2-36) Earrann 6 (14. Èist An dèan sibh cèic?)

- (C3-1-2-37) a. Tidsair: An dèan thu obair-dachaigh a-nochd, Anndra?
Anndra: Nì. Nì mi an obair-dachaigh.
- (C3-1-2-38) b. Bèicear: Feasgar math. Bùth a' Bhèiceir. Dè nì mi dhuibh?
Calum: Tha co-là-breith aig mo mhac Dihaoine. An dèan sibh cèic?
Bèicear: Nì. Nì mi cèic.
- (C3-1-2-39) c. Màrtainn: Nise, tha obair-dachaigh agam ann am Beurla agus ann an Cruinn-eòlas. An dèan mi Cruinn-eòlas an-dràsta? Mmm. Cha dèan. Cha dèan mi Cruinn-eòlas a-nochd idir. Nì mi Cruinn-eòlas a-màireach.
- (C3-1-2-40) d. Mòrag: An dèan sinn dealbh ann an Ealain an-diugh?
Seumas: Nì. Nì sinn dealbh ann an Ealain ach cha dèan sinn dealbh ann am Matamataig idir.

(C3-1-2-41) Earrann 7 (15. Èist Nì mi cèic)

- (C3-1-2-42) a. Màthair: Ceart. Dè am biadh a tha sibh ag iarraidh?
Ceit: Burgairean agus isbeanan.
Màthair: Cò nì sin? An dèan thusa sin, a Cheit?
Ceit: Cha dèan. Cha toigh leam feòil!
Anndra: Nì mise na burgairean agus na h-isbeanan air a' bharbaciù.
Màthair: Glè mhath.
- (C3-1-2-43) b. Màthair: Saileadan? An dèan thu sin, a Cheit?
Ceit: Nì. Nì mise saileadan – sailead càise agus sailead buntàta. Bidh sin furasta. Chan eil mi math air còcaireachd!
- (C3-1-2-44) c. Màthair: Ceart. Dè mu dheidhinn cèic? A bheil sibh ag iarraidh cèic?
Ceit agus Anndra: Ò, tha!
Ceit: Cèic seòclaid.
Anndra: Mmm! Math, math. Is toigh leam cèic seòclaid. An dèan sibh cèic seòclaid, a Mham?



Màthair: Ceart. Nì mise cèic seòclaid.

Ceit: Ach dè nì Dad?

- (C3-1-2-45) d. Màthair: Tha thusa math air ceapairean, nach eil lain?
 Athair: Dè? Duilich. Tha mi trang a' coimhead an TBh.
 Ceit: An dèan sibh ceapairean, ma-thà?
 Athair: Nì. Nì mi ceapairean le aran donn agus aran geal.
 Màthair: Am faigh thu cupa tì an-dràsta ma-thà? Tha am pathadh orm.
 Athair: Ò, chan fhaigh, tha mi duilich. Tha Top Gear air.
 Ceit: Gheibh mise cupa tì, a Mham.
 Anndra: Feumaidh sinn am biadh a cheannach. Thèid mise dhan bhùth.
 Athair: Och, siuthad ma-thà, Anndra! Thig mise còmhla riut.
 Màthair: Tha d' athair agus Anndra cho rèidh ri dà cheann eich a-nochd, a Cheit! Am faigh thu mo sporan anns a' chidsin?
 Ceit: Gheibh. Fuirichibh mionaid!

(C3-1-2-46) Earrann 8 (18. Òist An toir sibh dhomh...?)

- (C3-1-2-47) a. Màrtainn: An toir sibh dhomh aran, mas e ur toil e?
 Neach-bùtha: Bheir, gu dearbh. Aran geal no aran donn?
 Màrtainn: Aran donn agus aran geal, mas e ur toil e.
- (C3-1-2-48) b. Màrtainn: Agus an toir sibh ìm agus càise dhomh, mas e ur toil e?
 Neach-bùtha: Bheir mi dhut ìm, a Mhàrtainn. Seo. Ach, tha mi duilich. Cha toir mi dhut càise idir. Chan eil càise agam an-diugh.
- (C3-1-2-49) c. Màrtainn: A Chalum, an toir thu dhomh còig notaichean?
 Calum: Cha toir, a Mhàrtainn. Tha mi duilich. Chan eil sgillinn ruadh agam.
- (C3-1-2-50) d. Màthair: A Mhàrtainn. An toir thu dhomh cupa cofaidh? Tha mi cho sgìth ri cù.
 Màrtainn: Bheir, a Mham. Suidhibh sìos agus bheir mi dhuibh cupa cofaidh.
- (C3-1-2-51) e. Màrtainn: An toir thu dhomh àireamh-fòn Mairead? Tha i uabhasach snog.
 Pàdraig: Àireamh-fòn Mairead? Cha toir, gu dearbh. Tha mi fhìn a' dol a-mach còmhla ri Mairead a-nochd.



(C3-1-2-52) f. Seonag: (fuaime fòn) Hai, a Mhàrtainn. Seonag an seo. An toir thu leat an DVD ùr dhan sgoil a-màireach?
Coimheadaidh sinn air ann am Beurla.

Màrtainn: Bheir. Bheir mi leam DVD no dhà ach cha toir mi leam My Lovely Valentine idir. 'S e film uabhasach a tha sin.

Seonag: Ò, is toigh leamsa My Lovely Valentine.

(C3-1-2-53) Earrann 9 (20. Èist An cluinn thu am prògram rèidio?)

(C3-1-2-54) a. Iain: An cluinn thu am prògram rèidio?

Màiri: Cluinnidh. Is toigh leam am prògram.

(C3-1-2-55) b. Seonag: An cluinn thu an CD ùr aig Na Rionnagan?

Màrtainn: Cha chluinn. Cha toigh leam Na Rionnagan.

(C3-1-2-56) c. Daibhidh: An cluinn thu an t-òran?

Seumas: Cha chluinn. Tha mo chluas goirt.

(C3-1-2-57) d. Tidsair: An cluinn thu an earrann èisteachd, a Chatrìona?

Catrìona: Cluinnidh. Cuiridh mi air an coimpiutair.

(C3-1-2-58) Earrann 10 (21. An ruig am bus aig sia?)

(C3-1-2-59) a. Raonaid: Gabh mo leisgeul. An ruig am bus aig sia?

Dràibhear: Ruigidh. Ruigidh sinn Glaschu aig sia uairean.

(C3-1-2-60) b. Teàrlach: An ruig an tràan Dùn Èideann aig trì uairean?

Calum: Cha ruig. Cha ruig i Dùn Èideann gu cairteal gu ceithir.

(C3-1-2-61) c. Beathag: An ruig sibh an sgoil tràth a-màireach?

Cailean: Ruigidh. Ruigidh sinn an sgoil aig fichead mionaid gu ochd.

(C3-1-2-62) d. Niall: An ruig sinn dhachaigh aig leth-uair an dèidh deich?

Diane: Ruigidh sinn am baile aig leth-uair an dèidh deich ach cha ruig sinn an taigh gu aon uair deug.

(C3-1-2-63) Earrann 11 (Sùil air ais 1 An toir thu dhomh peansail?)

(C3-1-2-64) a. Sìne: Alasdair, an dèan thu cupa cofaidh?

Alasdair: Nì.



- (C3-1-2-65) b. Catrìona: A Raibeart, am tig thu dhan phartaidd?
Raibeart: Cha tig.
- (C3-1-2-66) c. Eilidh: Diane, am faic mi an obair-dachaigh agad?
Diane: Chan fhaic.
- (C3-1-2-67) d. Iain: A Chiorstaidh, am faigh thu botal uisge anns a' bhùth?
Chiorstaidh: Gheibh.
- (C3-1-2-68) e. Ruairidh: An toir thu dhomh peansail, a Sheumais?
Seumas: Cha toir.
- (C3-1-2-69) f. Niall: A Lionsaidh, an tèid thu a-mach leis a' chù?
Lionsaidh: Thèid.



(C3-2-1-1) Ceumannan 3 Modal 2 Aonad 1 Earrannan Èisteachd

(C3-2-1-2) Earrann 1 (1. Èist Dùthchannan)

- (C3-2-1-3) a. An Fhraing
- (C3-2-1-4) b. An Eadailt
- (C3-2-1-5) c. An Spàinn
- (C3-2-1-6) d. Alba
- (C3-2-1-7) e. Sasainn
- (C3-2-1-8) f. Èirinn
- (C3-2-1-9) g. A' Chuimrigh
- (C3-2-1-10) h. Ameireaga/Na Stàitean Aonaichte
- (C3-2-1-11) i. Canada
- (C3-2-1-12) j. A' Bheilg
- (C3-2-1-13) k. An Òlaind
- (C3-2-1-14) l. A' Ghrèig
- (C3-2-1-15) m. A' Ghearmailt
- (C3-2-1-16) n. Astràilia
- (C3-2-1-17) o. An Ruis
- (C3-2-1-18) p. Nirribhidh

(C3-2-1-19) Earrann 2 (3. Èist Tha mi às an Fhraing)

- (C3-2-1-20) a. Frederic: Is mise Frederic. Tha mi às an Fhraing.
- (C3-2-1-21) b. Eilidh: Cò às a tha sibh, a Shìne?
Sìne: Tha mi à Ameireaga.
- (C3-2-1-22) c. Marco: Is mise Marco. Tha mi às an Eadailt.
- (C3-3-1-23) d. Daibhidh: Is mise Daibhidh.
Pàdraig: Hai, a Dhaibhidh. Cò às a tha thu?
Daibhidh: Tha mi às a' Chuimrigh.
- (C3-2-1-24) e. Sean: Tha mi à Èirinn. Is mise Seàn.
- (C3-2-1-25) f. Màrtainn: Dè an t-ainm a th'ort?
Raonaid: Is mise Raonaid.



Màrtainn: Cò às a tha thu, a Raonaid?

Raonaid: Tha mi à Astràilia.

(C3-2-1-26) g. Mìcheal: Is mise Mìcheal. Tha mi às a' Ghearmailt.

(C3-2-1-27) h. Cailean: Hai! Cò às a tha thu?

Louisa: Tha mi à Alba.

Cailean: Dè an t-ainm a th' ort?

Louisa: 'S e Louisa an t-ainm a th' orm.

(C3-2-1-28) Earrann 3 (9. Òist Chaidh mi dhan Spàinn an-uiridh)

(C3-2-1-29) a. Robert: Chaidh mise agus mo bhràthair a Chanada.

(C3-2-1-30) b. Susan: Chaidh mi fhìn dhan Ghrèig. Bha i brèagha.

(C3-2-1-31) c. David: Chaidh mise agus mo charaid a dh'Ameireaga. Abair saor-làithean!

(C3-2-1-32) d. Paula: Chaidh mise agus mo phiuthar dhan Eadailt.

(C3-2-1-33) e. Christina: Chaidh mi dhan Fhraing. Tha m' antaidh Màiri a' fuireach an sin.

(C3-2-1-34) f. James: Chaidh mi fhìn agus an teaghlach a dh'Èirinn. Bha fèis ann.

(C3-2-1-35) Earrann 4 (13. Òist A' dol a dh'Obar Dheathain)

(C3-2-1-36) Rùnaire: Feasgar math. Ionad-fiosrachaidh. Dè nì mi dhuibh?

Dòmhnall Iain: Hallò. Am faigh mi fiosrachadh mu na busaichean a dh'Obar Dheathain Diardaoin, mas e ur toil e?

Rùnaire: Gheibh.

Dòmhnall Iain: Dè tha am bus a' cosg?

Rùnaire: Tha am bus a' cosg dà nota dheug.

Dòmhnall Iain: Glè mhath. Agus trèan? Is fheàrr leam an trèan.

Rùnaire: Tha trèan a' dol a dh'Obar Dheathain Diardaoin.

Dòmhnall Iain: Cuin a tha i a' dol ann?

Rùnaire: Fàgaidh i Glaschu aig còig mionaidean fichead gu naoi agus ruigidh i Obar Dheathain aig leth-uair an dèidh deich.

Dòmhnall Iain: Math dha-rìribh. Dè tha an trèan a' cosg?

Rùnaire: Cosgaidh i naoi notaichean deug agus caogad sgillinn.

Dòmhnall Iain: Obh, obh! Tha sin daor. Cuin a tha bus ann?



- Rùnaire: Fàgaidh am bus Glaschu aig ochd uairean anns a' mhadainn agus ruigidh e Obar Dheathain aig cairteal an dèidh aon uair deug.
- Dòmhnall Iain: Hmm... Ceart ma-thà. Tapadh leibh.
- Rùnaire: 'S e ur beatha. Mar sin leibh.
- Dòmhnall Iain: Mar sin leibh. (a' cur sìos am fòn) Nise – bus no trèan?

(C3-2-1-37) Earrann 5 (Sùil air ais 1 Èist Tòrr spòrs)

- (C3-2-1-38) a. Madainn mhath agus fàilte gu Tòrr Spòrs. Is mise Micheal Mac an t-Saoir agus an toiseach an-diugh, ball-coise agus cupa na h-Eòrpa: An Eadailt trì, Sasainn dhà.
- (C3-2-1-39) b. A' Ghrèig ceithir, Alba neoni. Tha mi duilich. Leughaidh mi sin a-rithist. A' Ghrèig neoni, Alba ceithir.
- (C3-2-1-40) c. A' Bheilg còig, Èirinn a h-aon.
- (C3-2-1-41) d. A' Chuimrigh neoni, An Òlaind sia.
- (C3-2-1-42) e. An Fhraing trì, Nirribhidh trì. Agus a-nis gu teanas... Cluichidh Anndra Moireach agus Rafael Nadal...

(C3-2-1-43) Earrann 6 (Sùil air ais 4a Èist Aig a' phort-adhair agus 4b Farpais ceist)

- (C3-2-1-44) a. Rùnaire: Feasgar math. Ciamar a tha sibh?
 Màrtainn: Tha gu math, tapadh leibh.
 Rùnaire: Dè an t-ainm a th' oirbh?
 Màrtainn: Is mise Màrtainn Mac an Tòisich.
 Rùnaire: Càit a bheil sibh a' dol an-diugh?
 Màrtainn: Tha mi a' dol dhan Chuimrigh airson cola-deug.
 Rùnaire: Glè mhath. Tha mise às a' Chuimrigh.
- (C3-2-1-45) b. Rùnaire: Feasgar math. Ciamar a tha sibh an-diugh?
 Coinneach: Tha gu dòigheil, tapadh leibh.
 Rùnaire: Tha latha brèagha ann, nach eil?
 Coinneach: Tha gu dearb.
 Rùnaire: Dè an t-ainm a th' oirbh?



Coinneach: Is mise Coinneach Bochanan.

Rùnaire: Agus càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Coinneach: A dh'Èirinn. Tha mi a' dol a dh'Èirinn.

Rùnaire: Tha Èirinn cho snog, nach eil?

Coinneach: Ò, tha.

Rùnaire: Ceart. Sin sibh. Tapadh leibh.

(C3-2-1-46) c. Rùnaire: Feasgar math. Dè an t-ainm a th' oirbh agus càit a bheil sibh a' dol?

Flòraidh: Tha mi a' dol dhan Bheilg. 'S e Flòraidh NicNèill an t-ainm a th' orm.

Rùnaire: Cò às a tha sibh, a Fhlòraidh?

Flòraidh: Tha mi à Barraigh.

Rùnaire: Chaidh mise a Bharraigh air saor-làithean an-uiridh.

Flòraidh: Glè mhath. An do chòrd Barraigh ribh ma-thà?

Rùnaire: Chòrd. Tha na daoine cho laghach. Uill, tapadh leibh, a Fhlòraidh. Turas math dhuibh.

Flòraidh: Tapadh leibh.

(C3-2-1-47) d. Rùnaire: Feasgar math. Dè an t-ainm a th' oirbh?

Daibhidh: Is mise Daibhidh MacAoidh.

Rùnaire: Agus càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Daibhidh: Tha mi a' dol a dh'Astràilia airson mìos.

Rùnaire: A dh'Astràilia airson mìos? Nach buidhe dhut! Bidh sin sgoinneil.

Daibhidh: Bidh. Cha robh mi riamh ann ach tha mo phiuthar a' fuireach ann.

Rùnaire: Uill, còrdaidh e ribh. Tapadh leibh. Turas math dhuibh!

Daibhidh: Tapadh leibh.

(C3-2-1-48) e. Rùnaire: Feasgar math. Càit a bheil sibh a' dol an-diugh?

Cairistiona: Tha mi a' dol a Shasainn airson seachdain. Chan eil m' athair gu math.

Rùnaire: Ò, tha mi duilich. Dè an t-ainm a th' oirbh?

Cairistiona: 'S e Cairistiona NicDhòmhnaill an t-ainm a th' orm.

Rùnaire: Glè mhath, a Chairistiona.

Cairistiona: Tapadh leibh.



(C3-2-2-1) Ceumannan 3 Modal 2 Aonad 2 Earrannan Èisteachd

(C3-2-2-2) Earrann 1 (1. Èist Cò ris a tha an t-side coltach? agus 2. Èist Tha i grianach)

- (C3-2-2-3) a. Tha i blàth.
- (C3-2-2-4) b. Tha i fuar.
- (C3-2-2-5) c. Tha i fliuch.
- (C3-2-2-6) d. Tha i tioram.
- (C3-2-2-7) e. Tha i garbh.
- (C3-2-2-8) f. Tha i ciùin.
- (C3-2-2-9) g. Tha i sgòthach.
- (C3-2-2-10) h. Tha i grianach.

(C3-2-2-11) Earrann 2 (3. Èist Bidh i fuar an-diugh)

- (C3-2-2-12) Madainn mhath. Is mise Dòmhnall MacLeòid. Seo agaibh an t-side.
- Bidh i fuar ach tioram agus grianach anns na h-Eileanan Siar an-diugh.
- Ann an Glaschu, bidh i fliuch agus garbh.
- Bidh an t-side nas fheàrr ann an Dùn Èideann. Bidh i sgòthach, ach bidh i tioram.
- Ann an Obar Dheathain, bidh i ciùin agus blàth, ach ann am Peairt, bidh i fliuch agus fuar.
- Sin agaibh an t-side ann an Alba an-diugh. Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-2-2-13) Earrann 3 (8. Èist Bidh an t-uisge ann agus 9. Èist Bidh sneachd ann)

- (C3-2-2-14) a. Bidh sneachd ann.
- (C3-2-2-15) b. Bidh an t-uisge ann.
- (C3-2-2-16) c. Bidh tàirneanaich is dealanaich ann.



- (C3-2-2-17) d. Bidh stoirm ann.
- (C3-2-2-18) e. Bidh ceò ann.
- (C3-2-2-19) f. Bidh reothadh ann.
- (C3-2-2-20) g. Bidh frasan ann.
- (C3-2-2-21) h. Bidh a' ghrian ann.

(C3-2-2-22) Earrann 4 (10. Èist Bidh stoirm ann)

- (C3-2-2-23) Madainn mhath. Seo agaibh an t-side anns na h-Eileanan còmhla riumsa lain Mac an Tòisich.

Ann an Leòdhas, bidh ceò ann agus bidh an t-uisge ann.

Anns na Hearadh, bidh a' ghrian ann ach bidh frasan ann cuideachd.

Ann an Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas bidh stoirm ann agus bidh an t-uisge ann cuideachd.

Anns an Eilean Sgitheanach bidh reothadh agus sneachd ann.

Gu deas, ann am Muile bidh frasan agus tàirneanaich is dealanaich ann agus ann an Ile cha bhi latha math ann idir. Bidh sneachd agus ceò ann agus an uair sin bidh stoirm, tàirneanaich is dealanaich ann cuideachd.

Abair latha anns na h-Eileanan! Fuirichibh a-staigh! Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-2-2-24) Earrann 5 (14. Èist Tha i gu bhith fliuch agus 15. Èist Tha sneachd gu bhith ann)

- (C3-2-2-25) a. Na h-Eileanan Siar: Tha i gu bhith fliuch anns a' mhadainn, ach bidh i tioram feasgar. Bidh i gu math fuar fad an latha agus bidh sneachd ann a-nochd.
- (C3-2-2-26) b. Inbhir Nis agus an ceann a tuath: Tha i gu bhith tioram agus sgòthach fad an latha. Tha i gu bhith garbh a-nochd agus bidh an t-uisge ann.
- (C3-2-2-27) c. Obar Dheathain agus an taobh sear: Bidh i blàth, grianach agus ciùin fad an latha ach bidh stoirm agus tàirneanaich is dealanaich ann a-nochd.
- (C3-2-2-28) d. Dùn Èideann agus an ceann a deas: Tha i gu bhith fuar anns a' mhadainn, ach bidh i nas blàithe feasgar. Bidh ceò agus frasan ann a-nochd.
- (C3-2-2-29) e. Glaschu agus an taobh siar: Bidh i sgòthach anns a' mhadainn agus tha i gu bhith garbh cuideachd. Feasgar, bidh i ciùin, ach nas fhuair. Bidh reothadh ann a-nochd.



(C3-2-2-30) Earrann 6 (20. Èist Na ràithean)

- (C3-2-2-31) a. An t-earrach. Is toigh leam an t-earrach.
 b. An samhradh. Tha an samhradh a' còrdadh rium.
 c. Am foghar. Is toigh leam am foghar.
 d. An geamhradh. Cha toigh leam an geamhradh.
 e. An t-earrach, an samhradh, am foghar, an geamhradh.

(C3-2-2-32) Earrann 7 (21. Èist Is fheàrr leam an samhradh)

- (C3-2-2-33) a. Beathag: Dè an ràithe as fheàrr leat, a Mhicheil?
 Micheal: Hmm, is fheàrr leam an geamhradh.
 Beathag: An geamhradh. Carson?
 Micheal: 'S toigh leam an sneachd agus tha sgitheadh a' còrdadh rium.
 Beathag: Tapadh leat.
- (C3-2-2-34) b. Beathag: A Lionsaidh, dè an ràithe as fheàrr leatsa?
 Lionsaidh: Tha sin furasta! Is fheàrr leam an samhradh.
 Beathag: Carson?
 Lionsaidh: Tha sin furasta cuideachd. Is toigh leam a' ghrian.
 Cha toigh leam an t-uisge idir. Agus is toigh leam reòiteagan!
- (C3-2-2-35) c. Beathag: A Ghòrdain, dè an ràithe as fheàrr leat?
 Gòrdan: Dè? Chan eil mi a' tuigsinn.
 Beathag: Dè an seusan as fheàrr leat?
 Gòrdan: An seusan ball-coise.
 Beathag: Na bi gòrach, a Ghòrdain. An t-earrach, an samhradh, am foghar no an geamhradh?
 Gòrdan: Ceart gu leòr. Is fheàrr leamsa an t-earrach.
 Beathag: Carson?
 Gòrdan: Tha mo cho-là-breith anns an earrach, chan eil i ro bhlàth agus chan eil i ro fhuar. Bidh mi ag obair air na h-uain còmhla ri m' athair cuideachd.
 Beathag: Tapadh leat.



(C3-2-2-36) d. Beathag: A Raonaid, dè an ràithe as fheàrr leat?

Raonaid: Is fheàrr leam am foghar.

Beathag: Carson?

Raonaid: Chan eil fhios agam carson.

Beathag: Tapadh leat.

(C3-2-2-37) e. Beathag: A Sheumais!

Seumas: Seadh.

Beathag: Dè an ràithe as fheàrr leat fhèin?

Seumas: Is fheàrr leam an samhraidh.

Beathag: Carson?

Seumas: Uill, tha i blàth, grianach agus tioram. Thèid mi dhan tràigh agus is toigh leam a bhith a' snàmh anns a' mhuir.

Beathag: Tapadh leat.

(C3-2-2-38) Earrann 8 (24. Òist Tha a màthair às an Òban agus 25. Òist Tha a màthair à Uibhist)

(C3-2-2-39) a. Seo Ciorstaidh. Tha Ciorstaidh à Glaschu ach tha a màthair às an Òban.

(C3-2-2-40) b. Seo Iain. Tha e à Leòdhas ach tha a màthair à Uibhist.

(C3-2-2-41) c. Seo Catriona. Tha seacaid oirre. Tha a seacaid gorm.

(C3-2-2-42) d. Seo Niall. Tha geansaidh air Niall. Tha a gheansaidh donn.

(C3-2-2-43) e. Seo Mòrag. Tha a bràthair, Calum, ceithir-deug.

(C3-2-2-44) f. Seo Màrtainn. Tha a phiuthar, Màiri trì.

(C3-2-2-45) Earrann 9 (27. Òist Dè nì sinn ma bhios i fliuch?)

(C3-2-2-46) a. Catriona: Dè tha thu a' dèanamh air an deireadh sheachdain, a Mhàiri?

Màiri: Ma bhios i grianach Disathairne, thèid mi dhan tràigh, ach ma bhios an t-uisge ann, thèid mi dhan amar-snàmh.

(C3-2-2-47) b. Daibhidh: Iain?

Iain: Seadh.

Daibhidh: An urrainn dhut ball-coise a chluich Disathairne?



Iain: 'S urrainn, ach dè nì sinn ma bhios i fliuch?
 Daibhidh: Cluichidh sinn geamannan coimpiutair ma bhios i fliuch.
 Iain: Glè mhath.

- (C3-2-2-48) c. Aimidh: A Shìne, ma bhios i blàth Disathairne, an gabh sinn biadh anns a' phàirc?
 Sìne: Gabhaidh. Bidh sin math. Ach ma bhios i fuar a-muigh, an tèid sinn dhan chafaidh?
 Aimidh: Thèid.
- (C3-2-2-49) d. Dòmhnall: Tha bàta ùr aig m' athair. Tha i brèagha. Bidh sinn a' dol a-mach anns a' bhàta Disathairne ma bhios latha ciùin ann. Ach ma bhios i garbh, bidh sinn ag iasgach aig a' chidhe.
- (C3-2-2-50) e. Karen: An tèid sinn a-mach air baidhsagalan Disathairne, a Nèill?
 Niall: Chan eil fhios agam. Tha i gu bhith fliuch agus fuar Disathairne, tha mi a' smaoinèachadh.
 Karen: Ò uill. Ma tha i fliuch agus fuar, cluichidh sinn snuair, an cluich?
 Niall: Cluichidh agus ma tha latha math ann, thèid sinn a-mach air baidhsagalan.
 Karen: Glè mhath.

(C3-2-2-51) Earrann 10 (Sùil air ais 3 Òist Bidh i tioram ann an ceann a tuath na h-Alba

- (C3-2-2-52) a. Madainn mhath. Is mise Mòrag Anna NicCoinnich agus seo agaibh an t-sìde airson Alba an-diugh. Ann an ceann a tuath na h-Alba, bidh reothadh ann. Bidh i fuar ach tioram fad an latha.
- (C3-2-2-53) b. Air an taobh sear, bidh i blàth ach fliuch.
- (C3-2-2-54) c. Air an taobh siar, bidh i fuar agus bidh stoirm ann feasgar.
- (C3-2-2-55) d. Agus anns a' cheann a deas, tha i gu bhith nas fheàrr. Bidh a' ghrian ann agus bidh i ciùin. Sin agaibh an t-sìde. Mar sin leibh an-dràsta.



(C3-2-2-56) Earrann 11 (Cultar Òran na Maighdinn-mhara)

(C3-2-2-57) A-mach air bhàrr nan stuagh ri gaillinn

Fuachd is feannadh fad o thìr

Bha mo ghaol dhut daonnan fallain

Ged is maighdeann-mhara mi.

U-bha is na hoireann u bha

U-bha is na hoireann i

U-bha is na hoireann u bha

'S ann le foill a mheall thu mi.

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach

Nuair bhios buaireas air an t-sid'

Bha mi 'raoir an Coire Bhreacain

Bidh mi 'nochd an Eilean Idh'.

Seall is faic an grunn na fairge

Uamhan airgid 's òir gun dìth

Lainnreachd chan fhaca sùil e

Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

(Seumas Camshron – An Comunn Gàidhealach)

(C3-2-2-58) Earrann 12 (Ceum a bharrachd 1 Èist An t-side anns an Roinn Eòrpa)

(C3-2-2-59) a. Madainn mhath. Seo agaibh an t-side anns an Roinn Eòrpa an-diugh. Anns a' Bheilg, bidh i grianach agus ciùin fad an latha.

(C3-2-2-60) b. Anns an Fhraing, bidh i tioram agus blàth le frasan.

(C3-2-2-61) c. Anns a' Ghearmailt, bidh stoirm ann le tàirneanaich agus dealanaich.

(C3-2-2-62) d. Bidh i fuar le frasan sneachd ann an Sasainn, Èirinn agus anns a' Chuimrigh an-diugh.

(C3-2-2-63) e. Bidh i grianach agus blàth fad an latha anns an Spàinn.

(C3-2-2-64) f. Bidh i tioram anns an Eadailt agus anns a' Ghrèig an-diugh, ach bidh i sgòthach.

(C3-2-2-65) g. Anns an Òlaind, bidh an t-uisge ann, ach cha bhi i ro fhuar.



(C3-3-1-1) Ceumannan 3 Modal 3 Aonad 1 Earrannan èisteachd

(C3-3-1-2) Earrann 1 (1. Èist Anns an taigh)

- (C3-3-1-3) a. An cidsin
(C3-3-1-4) b. An rùm-suidhe
(C3-3-1-5) c. An rùm-bìdh
(C3-3-1-6) d. An rùm-cadail
(C3-3-1-7) e. An rùm-ionnlaid
(C3-3-1-8) f. An tranntsa
(C3-3-1-9) g. A' gharaidh
(C3-3-1-10) h. An gàrradh

(C3-3-1-11) Earrann 2 (2. Èist Seo an rùm-suidhe)

- (C3-3-1-12) a. Ceit: Hallò. Thigibh a-staigh. Is mise Ceit.
Raonaid: Hallò, a Cheit. Is mise Raonaid agus seo Fionnlagh.
Ceit: Hallò. Ceart. Seo an tranntsa.
Raonaid: Glè mhath. Tha e snog.
- (C3-3-1-13) b. Ceit: Agus seo an cidsin.
Fionnlagh: Ò, is toigh leam an cidsin! Tha còcaireachd a' còrdadh rium.
- (C3-3-1-14) c. Ceit: Tha rùm-bìdh an seo cuideachd.
Raonaid: Ò, seall Fhionnlaigh! Chan eil rùm-bìdh againn an-dràsta idir.
- (C3-3-1-15) d. Ceit: Agus seo an rùm-suidhe.
Raonaid: Tha e mòr.
- (C3-3-1-16) e. Ceit: Nise, thèid sinn suas an staidhre. (fuaim dìreadh na staidhre) Agus seo agaibh an rùm-ionnlaid.
Raonaid: Is fìor thoigh leam na dathan.
- (C3-3-1-17) f. Ceit: Agus seo agaibh an rùm-cadail.
Fionnlagh: Hmm, tha e caran beag.
Ceit: Tha.
- (C3-3-1-18) g. Ceit: Thèid sinn sìos an staidhre. Nise, an tèid sinn a-mach?
Fionnlagh: Thèid. Siuthad ma-thà.



- Ceit: Seo an gàrradh beag.
- Raonaid: Bidh seo math. Tha cù againn.
- (C3-3-1-19) h. Fionnlagh: Tha càr againn cuideachd. A bheil garaids agaibh?
- Ceit: Tha. Seo a' gharaid.
- Raonaid: Math dhà-rìribh.
- Fionnlagh: Uill, tapadh leibh, a Cheit. Tha taigh uabhasach snog agaibh.
- Raonaid: Tha, gu dearbh.
- Ceit: Tapadh leibh. Mar sin leibh an-dràsta.

(C3-3-1-20) Earrann 3 (4. Òist Shìos an staidhre agus 5. Òist Shuas an staidhre)

- (C3-3-1-21) Hai, is mise Eilidh Nic-a-phì. Tha mi a' fuireach ann an taigh beag geal. Tha m' athair, mo mhàthair agus mo bhràthair a' fuireach ann cuideachd.
- Trobadaibh agus seallaidh mi an taigh dhuibh!
- Shìos an staidhre tha trannsa, rùm-suidhe, cidsin, rùm-bìdh agus aon rùm-cadail.
- Shuas an staidhre tha dà rùm-cadail agus rùm-ionnlaid ann.
- Is toigh leam an taigh agam. Chan eil e mòr, ach tha e snog.

(C3-3-1-22) Earrann 4 (11. Òist An rùm agam)

- (C3-3-1-23) a. leabaidh
- (C3-3-1-24) b. cuibhrig
- (C3-3-1-25) c. cluasag
- (C3-3-1-26) d. bòrd
- (C3-3-1-27) e. lampa
- (C3-3-1-28) f. cloc
- (C3-3-1-29) g. preasa



- (C3-3-1-30) h. preas-aodaich
- (C3-3-1-31) i. ciste-dhràthraichean
- (C3-3-1-32) j. deasg
- (C3-3-1-33) k. sèithear
- (C3-3-1-34) l. sgeilpichean
- (C3-3-1-35) m. sgàthan
- (C3-3-1-36) n. cùirtearan
- (C3-3-1-37) o. plannt

(C3-3-1-38) Earrann 5 (12a. Tha cùirtearan gorma agam agus 12b. Òist Tha leabhraichean air na sgeilpichean)

- (C3-3-1-39) a. Is mise Somhairle. Tha mi ceithir-deug agus tha mi a' fuireach ann an Alanais. Tha rùm-cadail mòr agam agus 's fìor thoigh leam e. Tha an rùm gorm agus tha cùirtearan gorm agam cuideachd. Tha leabaidh, preas-aodaich, deasg agus sèithear agam. Tha postairean ball-coise air a' bhalla agus tha telebhisean anns an oisean.
- (C3-3-1-40) b. Hai! Is mise Cairistiona Cheanadach agus tha mi a' fuireach ann an Steòrnabhagh ann an Leòdhas. Anns an rùm agam tha leabaidh, bòrd beag, lampa, ciste-dhràthraichean agus preas-aodaich. Tha teadaidh air an leabaidh. Tha sgàthan air a' bhalla agus plannt air a' bhòrd. Tha an rùm-cadail agam uabhasach beag. Tha mi ag iarraidh rùm nas motha.
- (C3-3-1-41) c. Hallò. Is mise Dòmhnall Iain Mac an Tòisich – no DJ. Anns an rùm-cadail agam tha leabaidh, ciste-dhràthraichean agus preas-aodaich. Tha bòrd beag ann cuideachd. Air a' bhòrd tha cloc agus lampa. Tha sgeilpichean agus sgàthan ann cuideachd. Tha leabhraichean air na sgeilpichean.

(C3-3-1-42) Earrann 6 (16. Òist Càit a bheil teadaidh?)

- (C3-3-1-43) a. Tha teadaidh anns a' chàr.
- (C3-3-1-44) b. Tha teadaidh air a' chàr.
- (C3-3-1-45) c. Tha teadaidh air cùl a' chàir.
- (C3-3-1-46) d. Tha teadaidh ri taobh a' chàir.
- (C3-3-1-47) e. Tha teadaidh air beulaibh a' chàir.



(C3-3-1-48) Earrann 7 (17. Èist An rùm aig Anna)

- (C3-3-1-49) a. Tha cùirtearan air an uinneig.
- (C3-3-1-50) b. The sgeilpichean anns an oisean, ri taobh na h-uinneige.
- (C3-3-1-51) c. Tha an leabaidh ri taobh nan sgeilpichean.
- (C3-3-1-52) d. Tha cluasagan agus cuibhrig phinc air an leabaidh.
- (C3-3-1-53) e. Tha ciste-dhràthraichean ri taobh na leapa.
- (C3-3-1-54) f. Tha lampa air a' chiste-dhràthraichean.
- (C3-3-1-55) g. Tha am preas-aodaich ri taobh na ciste-dhràthraichean.
- (C3-3-1-56) h. Tha bòrd air cùl an dorais.
- (C3-3-1-57) i. Tha coimpiutair-uchd, dealbhan agus peansailean air a' bhòrd.
- (C3-3-1-58) j. Tha lampa ri taobh a' choimpiutair-uchd.
- (C3-3-1-59) k. Tha sèithear air beulaibh a' bhùird.
- (C3-3-1-60) l. Tha cluasag air an t-sèithear.
- (C3-3-1-61) m. Tha brat-ùrlair beag geal air an làr.

(C3-3-1-62) Earrann 8 (18. Èist An rùm aig Ailean)

- (C3-3-1-63) a. Tha sgàthan air cùl an dorais agus tha postairean James Bond air a' bhalla.
- (C3-3-1-64) b. Tha sgeilpichean air a' bhalla air cùl na leapa.
- (C3-3-1-65) c. Tha leabhraichean air na sgeilpichean.
- (C3-3-1-66) d. Tha am preas-aodaich anns an oisean.
- (C3-3-1-67) e. Tha telebhisean shuas air a' phreas-aodaich.
- (C3-3-1-68) f. Tha sèithear mòr ri taobh na h-uinneige.
- (C3-3-1-69) g. Tha cloc air a' bhòrd ri taobh an t-sèithir.
- (C3-3-1-70) h. Tha plannt air beulaibh na h-uinneige.
- (C3-3-1-71) i. Tha an rùm-cadail beag agus mì-sgiobalta.
- (C3-3-1-72) j. Tha brògan agus aodach air an làr.

(C3-3-1-73) Earrann 9 (Sùil air ais 2 Èist An taigh agam)

- (C3-3-1-74) Is mise Lucy NicLeòid agus tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha an taigh agam ann am meadhan a' bhaile. Tha e uabhasach beag ach is toigh leam



e. Tha mi a' fuireach còmhla ri mo mhàthair. Tha dà rùm-cadail agus rùm-ionnlaid anns an taigh. Tha cidsin beag agus rùm-suidhe ann cuideachd. Tha gàrradh beag air beulaibh an taighe.

(C3-3-1-75) Earrann 10 (Sùil air ais 4a, b agus c Èist Anns an rùm agam 1, 2 agus 3)

(C3-3-1-76) Tha an rùm-cadail agam caran beag. Tha an leabaidh anns an oisean agus tha ciste-dhràthraichean ri taobh na leapa. Air a' chiste-dhràthraichean tha coimpiutair-uchd agus an t-òr-iasg agam. Tha sèithear ann an oisean eile ri taobh a' phreas-aodaich. Tha sgeilpichean agam air a' bhalla. Tha DVDs agus leabhraichean air na sgeilpichean.



(C3-3-2-1) Ceumannan 3 Modal 3 Aonad 2 Earrannan Èisteachd

(C3-3-2-2) Earrann 1 (1. Èist Sin bùth a' bhèiceir)

- (C3-3-2-3) a. Seo bùth a' bhùidseir.
 (C3-3-2-4) b. Sin bùth a' bhèiceir.
 (C3-3-2-5) c. Sin bùth nam pàipearan.
 (C3-3-2-6) d. Seo bùth an aodaich.
 (C3-3-2-7) e. Seo bùth an èisg.
 (C3-3-2-8) f. Sin oifis a' phuist.
 (C3-3-2-9) g. Sin bùth nam bròg.
 (C3-3-2-10) h. Seo an stèisean.
 (C3-3-2-11) i. Seo an stèisean-poilis.
 (C3-3-2-12) j. Sin bùth a' ghrosair.
 (C3-3-2-13) k. Seo bùth nam measan.
 (C3-3-2-14) l. Agus seo bùth na h-àirneis.

(C3-3-2-15) Earrann 2 (2. Èist Tìmcheall a' bhaile)

- (C3-3-2-16) Sine: Seo am baile agam – Inbhir Narainn. 'S e baile beag snog a th' ann. Seall, sin bùth an èisg. Agus ri taobh bùth an èisg, tha bùth a' ghrosair.
- Iain: An e sin bùth an aodaich, a Shìne? Tha mi ag iarraidh lèine-T.
- Sine: Chan e. Sin bùth nam bròg. Chan eil aodach aca.
- Iain: Agus dè tha sin?
- Sine: Sin an stèisean-poilis. A bheil thu ag iarraidh a dhol a-steach?
- Iain: Chan eil gu dearbh! Agus an e sin am banca?
- Sine: Chan e. Sin oifis a' phuist. Ach gheibh thu airgead ann cuideachd. Mmm, 's e seo a' bhùth as fheàrr leam. Seo bùth a' bhèiceir. Gheibh thu cèicean uabhasach math an-seo. Nise seo agad bùth an aodaich. An tèid sinn a-steach? Tha lèintean-T snog aca.
- Iain: Thèid.



(C3-3-2-17) Earrann 3 (4a. Òist Feumaidh mi a dhol dhan bhaile agus 4b. Òist An liosta)

- (C3-3-2-18) Mam: Nise. Feumaidh mi a dhol dhan bhaile. Nì mi liosta. Feumaidh mi a dhol gu bùth a' bhùidseir, bùth an èisg, bùth a' ghrosair, bùth nam measan, bùth nam pàipearan agus bùth na h-àirneis.
- Sine: Bidh sibh trang, a Mham! Dè tha sibh a' dol a cheannach?
- Mam: Tha mi ag iarraidh feòil agus isbeanan ann am bùth a' bhùidseir. Gheibh mi iasg ann am bùth an èisg. Briosgaidean agus bainne ann am bùth a' ghrosair. Orainsearean, uinneanan agus ùbhlàn ann am bùth nam measan. Iris ann am bùth nam pàipearan agus tha an lampa anns an rùm agadsa briste. Feumaidh mi lampa ùr a cheannach ann am bùth na h-àirneis.
- Sine: Am faigh mi lampa pinc, mas e ur toil e?
- Mam: Chì mi dè th' anns a' bhùth, a Shìne. Ach an toiseach, feumaidh mi a dhol dhan bhanca. Feumaidh mi airgead.
- Sine: Feumaidh!

(C3-3-2-19) Earrann 4 (8. Òist Tha oifis a' phuist mu choinneimh bùth a' bhèiceir)

- (C3-3-2-20) a. Seonag: Gabh mo leisgeul. Càit a bheil bùth nam bròg?
Tòmas: Tha i ri taobh bùth a' bhùidseir.
Seonag: Rì taobh bùth a' bhùidseir? Tapadh leibh.
- (C3-3-2-21) b. Calum: Gabhaibh mo leisgeul. A bheil bùth an aodaich anns a' bhaile seo?
Daibhidh: Tha, gu dearbh. Tha i faisg air bùth nam bròg.
- (C3-3-2-22) c. Mòrag: Càit a bheil an stèisean-poilis?
Catriona: Tha an stèisean-poilis air cùl oifis a' phuist.
- (C3-3-2-23) d. Iain: Gabh mo leisgeul. A bheil bùth nam measan faisg air seo?
Karen: Tha. Tha i mu choinneimh bùth an èisg.
- (C3-3-2-24) e. Dòmhnall: Càit a bheil bùth a' ghrosair mas e do thoil e?
Pàdraig: Hmm. Fuirich mionaid! Tha i mu choinneimh bùth na h-àirneis, tha mi a' smaoinichadh.



(C3-3-2-25) Earrann 5 (13a. Òist Càit a bheil an sgoil?)

- (C3-3-2-26) Mam: Ceart. An uair a thig thu a-mach às an stèisean, theirig gu do làimh dheis. Feumaidh tu a dhol sìos an rathad sin agus a dhol gu do làimh chli aig an eaglais.
- Iain: Seadh. A-mach às an stèisean, gu mo làimh dheis agus gu mo làimh chli aig an eaglais.
- Mam: Ceart. Agus cùm ort sìos an rathad sin agus an uair sin, tionndaidh gu do làimh dheis. Tha an sgoil shìos an sin ri taobh na pàirce.
- Iain: Glè mhath. Mòran taing, a mham.

(C3-3-2-27) Earrann 6 (17. Òist Gabh a' chiad rathad...!)

- (C3-3-2-28) a. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul. A bheil fios agaibh càit a bheil an t-ospadal?
- Mòrag: Tha. Feumaidh tu a dhol sìos an rathad seo. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli agus an dàrna rathad gu do làimh chli a-rithist. Tha an t-ospadal shìos an sin.
- Alasdair: Tapadh leibh.
- Mòrag: 'S e do bheatha.
- (C3-3-2-29) b. Alasdair: Gabh mo leisgeul.
- Màiri: Seadh.
- Alasdair: A bheil fhios agad càit a bheil an sgoil?
- Màiri: Tha. Theirig sìos an rathad seo. Tionndaidh gu do làimh chli. Theirig sìos Rathad MhicLeòid agus gabh an dàrna rathad gu do làimh dheis. Chì thu an sgoil an sin air do làimh chli.
- Alasdair: Tapadh leat.
- Màiri: 'S e do bheatha.
- (C3-3-2-30) c. Alasdair: Gabh mo leisgeul. A bheil fhios agad càit a bheil an taigh-òsta?
- Daibhidh: Tha. Tha mi ag obair ann. Theirig sìos an rathad agus gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. An uair sin, gabh a' chiad rathad gu do làimh chli a-rithist. Chì thu an taigh-òsta aig ceann an rathaid.



Alasdair: Mòran taing.

Daibhidh: 'S e do bheatha.

(C3-3-2-31) d. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul.

Ceitidh: Seadh, a m'èudail?

Alasdair: A bheil fhios agaibh càit a bheil bùth a' bhèiceir?

Ceitidh: Bùth a' bhèiceir? O, seadh. Theirig sìos an rathad. Tionndaidh gu do làimh chlì. Tha thu air Rathad MhicLeòid an uair sin. Theirig sìos an rathad agus gabh an dàrna rathad air do làimh dheis. Tha bùth a' bhèiceir air Rathad na Sgoile, air do làimh dheis.

Alasdair: Tapadh leibh.

Ceitidh: 'S e do bheatha, a ghràidh.

(C3-3-2-32) e. Alasdair: Gabhaibh mo leisgeul.

Emma: Seadh?

Alasdair: Tha mi air chall. A bheil oifis a' phuist air an rathad seo?

Emma: Chan eil mi cinnteach. Chan eil mi a' fuireach an seo. Ach theirig sìos an rathad seo, gabh a' chiad rathad gu do làimh chlì agus an uair sin a' chiad rathad gu do làimh dheis.

Alasdair: Mòran taing. Feumaidh mi litir a chur gu mo mhàthair.

Emma: 'S e do bheatha. 'S e gille laghach a th' annad.

(C3-3-2-33) f. Alasdair: Gabh mo leisgeul.

Dòmhnall: Seadh.

Alasdair: Càit a bheil bùth nam pàipearan, mas e do thoil e?

Dòmhnall: Bùth nam pàipearan? Tha sin furasta. Theirig suas an rathad seo. Gabh an treas rathad gu do làimh chlì. Chì thu bùth nam pàipearan air do làimh dheis an sin.

Alasdair: Tapadh leat. Tha mi ag iarraidh pàipear airson na trèana.

Dòmhnall: Gheibh thu pàipearan gu leòr an sin. Mar sin leat!

(C3-3-2-34) Earrann 7 (Sùil air ais 3a Baile na Mara 1)

(C3-3-2-35) a. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chlì agus a' chiad rathad gu do làimh chlì a-rithist. Tha e aig ceann Sràid na Pàirce air do làimh dheis.



- (C3-3-2-36) b. Cùm ort suas an rathad seo. Tha i air an treas rathad air do làimh chli. Chì thu i air do làimh dheis.
- (C3-3-2-37) c. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. Cùm ort suas an rathad. Gabh an dàrna rathad air do làimh dheis. Tha i an sin air Rathad na Sgoile air do làimh dheis.
- (C3-3-2-38) d. Theirig sìos an rathad. Gabh a' chiad rathad gu do làimh chli. Cùm ort suas an rathad. Gabh an dàrna rathad air do làimh chli. Tha e air Rathad na Sgoile air do làimh chli.

**(C3-3-2-39) Earrann 8 (Ceum a bharrachd 5 Leugh/Èist
Air chall ann an New York)**

(C3-3-2-40) Air chall ann an New York

Bha mi fhèin agus Seumas ann an New York an-uiridh. Abair baile mòr! Tha m' uncail a' fuireach ann agus chaidh sinn ann air a' phlèan à Glaschu. Nuair a bha am plèan a' tighinn a-steach dhan bhaile, chunnaic sinn na togalaichean àrda ann am meadhan a' bhaile agus ìomhaigh Liberty cuideachd. Nuair a ràinig am plèan, bha latha brèagha ann. Bha i grianach agus uabhasach blàth. Fhuair sinn ar bagaichean agus chaidh sinn a-mach. Cha robh m' uncail ann! Dh'fhuirich sinn aig an doras airson fichead mionaideach ach cha robh sgeul air. Càit an robh e? An robh rudeigin ceàrr? "Fònaidh mi dhan taigh aige," thuirt mi ri Seumas. Ach, cha robh am fòn-làimhe ag obair. "Dè nì sinn a-nis?" dh'fhaighnich Seumas. "Tha fhios agam," arsa mise. "Gheibh sinn tagsaidh." Chaidh sinn a-mach airson tagsaidh, ach bha an tagsaidh a' dol a chosg ceud dolair.

An uair sin, chunnaic mi poileas. "Taing do shealbh!" thuirt mi rium fhèin, agus chaidh mi a bhruidhinn ris.

"Gabhaibh mo leisgeul," thuirt mi.

"Seadh?" thuirt am poileas.

"Tha m' uncail air chall, tha mi a' smaoinichadh. Thàinig sinn à Alba an-diugh agus chan eil e an-seo. Chan urrainn dhomh fònadh agus chan eil airgead gu leòr againn airson tagsaidh.

"Feumaidh tu a dhol dhan stèisean-phoilis," thuirt e. "Sìos an trannsa an sin gu do làimh chli. Tha an stèisean shìos an-sin, an dàrna doras a chì thu gu do làimh dheis," thuirt am poileas. "Gheibh thu fòn an sin cuideachd."



“Tapadh leibh,” fhreagair mi.

Chaidh sinn sìos an trannsa agus fhuair sinn an doras ceart. Dh’fhosgail mi an doras agus chaidh sinn a-steach. Cò bha ann ach m’ uncail!

“Taing do shealbh,” thuirt e. “Bha eagal orm gun robh sibh air chall ann an New York!”

